



Eachdraidh Àrd-Ìre Adhartach

Còd a' chùrsa:	C872 77
Còd a' mheasaidh cùrsa:	X872 77
SCQF:	Ìre 7 (32 puingean creideis SCQF)
Dligheach bho:	seisean 2019–20

Tha an sgrìobhainn seo a' tabhann fiosrachadh mionaideach air a' chùrsa is air measadh a' chùrsa gus dèanamh cinnteach gun tèid measadh cunbhalach is trid-shoilleir a dhèanamh bliadhna an dèidh bliadhna. Tha i a' toirt cunntas air structar a' chùrsa agus air measadh a' chùrsa a thaobh nan sgilean, eòlas is tuigse a thathas a' measadh.

Tha an sgrìobhainn seo airson tidsearan is òraidichean, agus gheibhear am fiosrachadh riatanach air fad ann airson an cùrsa a libhrigeadh.

Faodaidh am fiosrachadh san sgrìobhainn seo a bhith air ath-riochdachadh mar thaic do theisteanasan SQA a-mhàin, air bunait neo-choimearsalta. Ma thèid ath-riochdachadh, feumar aithne shoilleir a thoirt do SQA. Ma thèid ath-riochdachadh airson adhbhar sam bith eile, feumar cead sgrìobhte fhaotainn bho permissions@sqa.org.uk.

An deasachadh seo: An Gearran 2019 (dreach 2.0)

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2014, 2019

Clàr-innse

Geàrr-iomradh a' chùrsa	1
Feallsanachd a' chùrsa	2
Adhbhar is amasan	2
Cò dha a tha an cùrsa seo?	3
Susbaint a' chùrsa	4
Sgilean, eòlas is tuigse	4
Sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha is sgilean cosnaidh	33
Measadh cùrsa	34
Structar measadh cùrsa: pàipear cheistean	34
Structar measadh cùrsa: pròiseact-tràchdas	36
Rangachadh	39
Co-ionannas agus in-ghabhaltas	40
Fiosrachadh a bharrachd	41
Pàipear-taic 1: nòtaichean taic cùrsa	42
Ro-ràdh	42
A' leasachadh sgilean, eòlas is tuigse	42
Dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh is teagasg	42
Ag ullachadh airson measadh cùrsa	44
A' leasachadh sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha agus sgilean cosnaidh	60
Pàipear-taic 2: eisimpleirean de gheàrr-iomraidhean	62

Geàrr-iomradh a' chùrsa

Tha an cùrsa seo air a dhèanamh suas à 32 puingean creideis SCQF, a tha a' gabhail a-steach ùine ullachaidh airson measadh a' chùrsa. 'S e 160 uair a thìde an ùine bheachdach do dh'oileanaich airson crìoch a chur air a' chùrsa.

Tha dà cho-phàirt ann am measadh a' chùrsa.

Co-phàirt	Comharran	Ùine
Co-phàirt 1: pàipear cheistean	90	3 uairean a thìde
Co-phàirt 2: pròiseact-tràchdas	50	faic an earrann 'Measadh cùrsa'

Inntrigeadh molta	Adhartas
<p>Tha inntrigeadh don chùrsa seo a rèir toil an ionaid.</p> <p>Bu chòir do dh'oileanaich an cùrsa Eachdraidh Àrd-Ìre no teisteanasan agus/no eòlas co-ionann a choileanadh mus tòisich iad air a' chùrsa.</p>	<ul style="list-style-type: none">◆ cùrsaichean ceuma ann an cuspairean sòisealta agus eòlasan sòisealta no raointean co-cheangailte◆ tuilleadh foghlaim, cosnadh agus/no trèanadh

Cumhaichean duaise

Bidh an ìre a thèid a bhuileachadh stèidhichte air na comharran iomlan a fhuair a' chùrsa.

Feallsanachd a' chùrsa

Tha Cùrsaichean Nàiseanta stèidhichte air luachan, adhbharan agus prionnsapalan a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais. Bidh iad a' tabhann so-lùbachd, a' toirt seachad ùine airson ionnsachadh, a' cur fòcas air sgilean agus air ionnsachadh a chur an gnìomh, agus a' toirt seachad cothrom airson pearsanachadh is roghainn.

Bidh gach cùrsa a' toirt chothroman do dh'oileanaich farsaingeachd, dùbhlán agus gnìomhadh a leasachadh. Tha fòcas agus co-chothrom a' mheasaidh air an deilbh airson gach raon cuspaireil.

Sa chùrsa seo, bidh oileanaich a' leasachadh na tuigse aca den t-saoghal le bhith ag ionnsachadh mu dhaoine eile agus an luachan, ann an diofar amannan, àiteachan agus suidheachaidhean. Bidh an cùrsa a' cuideachadh oileanaich gus mapa den àm a dh'fhalbh a leasachadh le luach is tuigse air na forsaichean a tha air cumadh a thoirt do shaoghal an latha an-diugh.

Bidh cothroman aig oileanaich seasamhan cudromach a leasachadh, a' gabhail a-steach: inntinn fhosgailte agus spèis air luachan, creideas an agus cultaran a' chàich; fosgailteachd do smaoineachadh ùr agus beachdan ùra; agus faireachdainn de dhleastanas agus saoranachd chruinneil.

Bidh am fòcas air sgrùdadh mionaideach de chuspair sònraichte a' leigeil le oileanaich cùisean is bun-bheachdan toinnte a rannsachadh, a dhol an sàs ann an raon farsaing de stuthan tùsail, agus ath-bhreithneachadh a dhèanamh air raon farsaing de mhìneachaidhean de dh'eachdraidh.

Bidh an cùrsa a' cur cuideam air leasachadh agus gnìomhadh sgilean. Bidh am fòcas air luachadh stòran a' leasachadh sgilean smaoineachaidh nan oileanach. Bidh iad a' leasachadh sgilean ann an litearrachd tro chleachdadh agus a' dèanamh sinneis air fiosrachadh ann an diofar dhòighean.

Adhbhar is amasan

Bidh oileanaich a' faotainn farsaingeachd is doimhneachd nan cuid eòlais is tuigse air tèaman eachdraidheil, agus bidh iad a' leasachadh nan sgilean aca barrachd a thaobh cùisean eachdraidheil iom-fhillte a rannsachadh, measadh a dhèanamh air stòran, agus tarraing cho-dhùnaidhean. Bidh doimhneachd an sgrùdaidh a' comasachadh oileanaich a dhol an sàs ann an deasbad eachdraidheil agus mar sin luachachadh nas doimhne fhaighinn de na forsaichean a tha air cumadh a thoirt do leasachaidhean eachdraidheil.

Bidh oileanaich a' leasachadh:

- ◆ tuigse bhun-bheachdail den àm a dh'fhalbh agus comas air smaoineachadh gu neo-eisimeileach
- ◆ breithneachadh air rannsachadh eachdraidheil a tha ann an-dràsta, a' gabhail a-steach loidhnichean argamaid cudromach a chomharrachadh agus sgoiltean smuaineachaidh air cùisean àraid eachdraidheil a mheasadh

- ◆ sgilean breithneachail tro bhith a' cleachdadh stòran eachdraidheil co-cheangailte ri ùghdarachd is adhbhar, buaidh-astair agus co-theacsa eachdraidheil is eachdraidheachdail
- ◆ tuigse air an dàimh eadar factaran a bhios a' cur ri tachartasan eachdraidheil iom-fhillte
- ◆ tuigse air a' bhuidh bho fhactaran co-chuideachail, agus air an dàimh a bha eatorra, air tachartasan eachdraidheil
- ◆ sinteis a dhèanamh tro bhith a' cleachdadh bhun-stòran is seallaidhean bho rannsachadh eachdraidheil gus anailis a dhèanamh air cùisean iom-fhillte eachdraidheil agus loidhnichean argamaid co-chrochach a chumail suas
- ◆ sgilean gus dòigh-obrach a tha buntainneach agus structaraichte a ghabhail ri rannsachadh cùis eachdraidheil, a' tarraing cho-dhùnaidhean ann an dòigh shoilleir agus reusanaichte, fhad 's a thathar a' nochdadh iom-fhillteachd na cùise agus cuibhreachaidhean na fianais a tha ri faotainn

Cò dha a tha an cùrsa seo?

Bidh an cùrsa freagarrach do raon de dh'oileanaich, a' gabhail a-steach iadsan a tha airson tuigse air eachdraidh a leasachadh agus iadsan a tha a' sireadh adhartas agus speisealachadh ann an sgrùdadh eachdraidheil a bharrachd.

Susbaint a' chùrsa

Bidh an cùrsa a' còmhachadh:

Sgrùdadh eachdraidheil

Bidh oileanaich a' gabhail os làimh sgrùdadh mionaideach air aon àm eachdraidheil. Tron sgrùdadh seo, bidh iad a' leasachadh a' chomais aca gus measadh a dhèanamh air raon farsaing de stòran eachdraidheil aig a bheil grunn fheartan iom-fhillte, a' toirt fa-near cò às a thàinig iad, an t-susbaint aca agus co-theacsaichean eachdraidheil agus eachdraidheachdail. Bidh oileanaich an sàs ann am beachdachadh air barailean bho raon de luchd-eachdraidh, ag anailiseachadh chùisean gus loidhne argamaid cho-chrochach a chumail suas, agus a' tarraing cho-dhùnaidhean deagh-reusanaichte aig a bheil taic bho fhianais mhionaideach.

Bidh oileanaich a' roghnachadh aon raon sgrùdaidh bho roghainn de raointean sònraichte, nì a cheadaicheas pearsanachadh agus roghainn.

A' rannsachadh chùisean eachdraidheil

Bidh oileanaich a' leasachadh sgilean airson:

- ◆ cùisean rannsachaidh freagarrach fhìreanachadh
- ◆ prògram iom-fhillte de rannsachadh a phlanadh
- ◆ fiosrachadh a rannsachadh, a chur ri chèile agus a chlàradh
- ◆ dòighean-obrach eagrachaidh a mhìneachadh
- ◆ toraidhean a thaisbeanadh agus iomraidhean a dhèanamh orra
- ◆ gnàths iomraidhean freagarrach a chleachdadh

Sgilean, eòlas is tuigse

Sgilean, eòlas is tuigse airson a' chùrsa

Tha na leanas a' toirt foir-shealladh farsaing air na sgilean cuspaireil, eòlas is tuigse a thathar a' leasachadh sa chùrsa:

- ◆ a' leasachadh agus a' cur an gnìomh sgilean, eòlas is tuigse bho raon sgrùdaidh eachdraidheil a chaidh a thaghadh
- ◆ a' dèanamh measadh air raon farsaing de stòran eachdraidheil aig a bheil feartan iom-fhillte, a' toirt fa-near cò às a thàinig iad, susbaint nan stòran agus co-theacsaichean eachdraidheil agus eachdraidheachdail
- ◆ a' beachdachadh air barailean bho raon de luchd-eachdraidh
- ◆ a' cumail suas loidhne argamaid co-chrochach
- ◆ a' tarraing cho-dhùnaidhean deagh-reusanaichte aig a bheil taic bho fhianais mhionaideach
- ◆ a' comharrachadh chùisean rannsachaidh freagarrach, aig a bheil taic bho gheàrr-iomradh
- ◆ a' planadh agus a' stiùireadh prògram rannsachaidh iom-fhillte

- ◆ a' lorg, a' tional agus a' clàradh fiosrachadh freagarrach agus earbsach bho phrìomh-bhunan agus iar-bhunan
- ◆ a' dèanamh anailis, measadh agus sinteis air fianais
- ◆ a' tuigsinn mar a dh'eagraichear agus mar a thaisbeanar toraidhean, agus mar a nithear iomraidhean orra, a' cleachdadh ghnàthsan freagarrach

Sgilean, eòlas is tuigse airson measadh a' chùrsa

Tha na leanas a' toirt fiosrachadh mionaideach air sgilean, eòlas is tuigse air an samplachadh ann am measadh a' chùrsa.

Pàipear cheistean

Bidh 10 roinnean roghainneil sa phàipear cheistean; bidh dà phàirt aig gach roinn:

- ◆ Pàirt A: Cùisean eachdraidheil — raon de cheistean aiste a bhios air an tarraing bho na prìomh chùisean a chithear sa chlàr gu h-ìosal
- ◆ Pàirt B: Stòran eachdraidheil — ceistean stèidhichte air stòr air an tarraing a-mhàin bho na prìomh chùisean a chithear ann an clò Eadailteach gu h-ìosal.

Tha an clàr a leanas a' toirt eisimpleirean de chuspairean a dh'fhaodar còmhachadh taobh a-staigh gach prìomh chùis airson gach raon sgrùdaidh:

Raon sgrùdaidh 1 — Breatann a Tuath bho Linn an Iarainn gu 1034

Sgrùdadh air nàdar nan co-chomann treubhail ri tuath air Balla Hadrian, agus an dàimh eadar na co-chomainn seo, na creideamhan atharrachail aca agus a' bhuaidh a bha aca san a rinn lunnadh orra

Tèamaichean: dualchas, cumhachd, lunnadh agus creideamh

Geàrr-chunntas

- ◆ nàdar a' cho-chomainn ann an Linn an Iarainn, a' gabhail a-steach: cumhachd, creideamhan agus beatha làitheil
- ◆ lunnaidhean Ròmanach agus na buaidhean a bha aca air sluaighean tùsanach, a' gabhail a-steach: prìomh tamall de lunnadh is for-ghlacadh; an siostam armailteach de dhùin, campaichean agus ballachan; freagairtean treubhail ri for-ghlacadh agus ais-tharraing nan Ròmanach
- ◆ creideamhan ag atharrachadh, a' gabhail a-steach: diofar ìrean de dh'ìompachadh agus sgaoileadh na Crìostaidheachd; stèidheachadh manachachd Chaluim-Chille; pàganachd Lochlannach agus ìompachadh nan Lochlannach; cruthachadh a' cho-chomainn Chrìostaidhich
- ◆ leasachadh nan co-chomann iar-Ròmanach, a' gabhail a-steach: Rìoghachd nan Cruithneach agus an dàimh aca leis na Breatannaich, na h-Anglaich agus na h-Albannaich de Dhàil Riada; buaidh nan Lochlannach air Eileanan a Tuath agus air Eileanan an Iar
- ◆ stèidheachadh Rìoghachd na h-Alba agus às-èirigh an nàisein Albannaich, a' gabhail a-steach: nàdar na rìoghachd gus 1034

Prìomh chùisean	Tuairisgeul air susbaint
<p><i>Co-chomann Linn an Iarainn agus co-chomann Ceilteach</i></p>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>fianais: àrsaidheil agus litreachail</i> ◆ <i>nàdar a' cho-chomainn: dùthchail, rangachdail, treubhail, teaghlachail</i> ◆ <i>cudromachd cumhachd agus cliù</i> ◆ <i>sìostaman creideimh: tabhartasan mionnach, àitichean rùn-dìomhaireach, Cult a' Chinn, ìobairtean</i> ◆ <i>dòigh-beatha: aodaich, uidheaman, ceàirdean, buill-airm, daithead, tuathanasachd</i>
<p><i>lunnaidhean armailteach nan Ròmanach</i></p>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>àm nam Flavianach</i> ◆ <i>eadar-obrachaidhean ro àm Agricola</i> ◆ <i>crìoch Ghaisg</i> ◆ <i>na còig iomairtean a rinn Agricola ann am Breatann a Tuath</i> ◆ <i>Agricola a rèir Tacitus</i> ◆ <i>am Blàr aig Mons Graupius</i> ◆ <i>a' chrìoch a rinn na Flavianaich</i> ◆ <i>Balla Hadrian: amasan agus èifeachdas</i> ◆ <i>an t-adhartas a rinn Antoninus ann am Breatann a Tuath</i> ◆ <i>Balla Antoninus: amasan agus èifeachdas</i> ◆ <i>coimeas eadar Balla Hadrian agus Balla Antoninus</i> ◆ <i>lunnadh nan Severanach: na h-iomairtean aig Severus agus Caracalla</i> ◆ <i>sgrùdadh coimeasach nan lunnaidhean</i>
<p><i>for-ghlacadh Ròmanach agus a' bhuidh a bha aige</i></p>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>beatha air a' chrìoch agus sa ghearastan</i> ◆ <i>nàdar na làthaireachd Ròmanaich mu Thuath</i> ◆ <i>buidh na Ròimhe, farsaingeachd na Ròmanachd</i> ◆ <i>atharrachaidhean san àm Ròmanach</i> ◆ <i>àireamh agus sgaoileadh nan treubhan rè àm nam Flavianach</i> ◆ <i>às-èirigh nan Caledonii agus nam Maeatae</i> ◆ <i>modhan smachd nan Severanach</i>
<p><i>Creideamhan atharrachail</i></p>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>teachd Chrìostaidheachd</i> ◆ <i>iompachadh nan co-chomann iar-Ròmanach gu Crìostaidheachd</i> ◆ <i>cnap-starraidhean gu iompachadh: dualchasach, sòisealta, poiliteigeach, cràbhach, cruinn-eòlach</i> ◆ <i>àite agus cudromachd na h-eaglaise ann am beathannan nan daoine chumanta</i> ◆ <i>bàrr-shamhail nam manach agus a' phàirt a chluicheadh leis a' chlàir riaghailteach</i> ◆ <i>naoimh, taisean agus taistealachd</i> ◆ <i>èifeachdan iompachaidh: litearrachd, àireamhachd, sòisealach, poiliteigeach, dualchasach</i>

<i>co-chomann nan Cruithneach</i>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>tùsan nan Cruithneach</i> ◆ <i>nàdar a' cho-chomainn Chruithnich</i> ◆ <i>dol à sealladh nan Cruithneach</i> ◆ <i>clachan snaidhte nan Cruithneach</i>
Rìoghachd nam Breatannach agus nan Anglach	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>tùsan nam Breatannach agus nan Anglach</i> ◆ <i>Breatannaich Shrath Chluaidh</i> ◆ <i>Anglaich nan Lodainn</i> ◆ <i>nàdar rìoghachdan nam Breatannach agus nan Anglach: a' phàirt a chluicheadh le cumhachd armailteach agus creideamh</i>
<i>Rìoghachd nan Albannach</i>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>tùsan nan Albannach</i> ◆ <i>às-èirigh agus fàs Rìoghachd nan Albannach</i> ◆ <i>Dàil Riata: buaidhean armailteach, creidmheach agus dualchasach</i>
<i>lunnaidhean nan Lochlannach agus a' bhuidh a bha aca</i>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>na Lochlannaich air an tàladh ris a Tuath agus ris an Iar</i> ◆ <i>pàtran creachaidh, malairt agus tuineachaidh</i> ◆ <i>buaidh nan Lochlannach</i> ◆ <i>amalachadh nan Lochlannach</i> ◆ <i>Iarlachd Arcaibh</i> ◆ <i>iompachadh nan Lochlannach gu Crìostaidheachd</i>
<i>cruthachadh Rìoghachd na h-Alba</i>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>a' phàirt a chluicheadh leis na h-Albannaich</i> ◆ <i>a' phàirt a chluicheadh le Coinneach Mac Ailpein agus a rìgh-shliochd</i> ◆ <i>coitcheantan cultarach</i> ◆ <i>a' phàirt a chluicheadh leis an eaglais</i> ◆ <i>a' phàirt a chluicheadh le brùthadh Lochlannach air Albannaich is Cruithnich</i>
Rìoghachd na h-Alba, gu 1034	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>nàdar na rìoghachd</i> ◆ <i>adhbharan airson farsaingeachd agus meudachadh na h-Alba</i> ◆ <i>aonachd agus iomadachd ann an cànan, dualchas, cruinn-eòlas, creideamh, dearbh-aithne agus riaghladh</i>

Raon sgrùdaidh 2 — Alba: neo-eisimeileachd agus rìoghrachas, 1249–1334

Sgrùdadh air nàdar atharrachail na rìoghachd Albannaich; bagairtean ri neo-eisimeileachd an nàisein; freagairtean ris na bagairtean sin; agus toraidhean airson an nàisein Albannaich

Tèamaichean: ùghdarras, còmhstri agus dearbh-aithne

Geàrr-chunntas

- ◆ cùl-fhiosrachadh mun chòmhstri, a' gabhail a-steach: nàdar agus farsaingeachd an ùghdarras rìoghail fo Alasdair mac Alasdair (Alexander III); dàimhean eadar Alba agus Sasainn; tùsan èiginn a' cho-arbais
- ◆ Eideard I agus Alba, a' gabhail a-steach: a' Ghlèidhteachd; a' Chùis Mhòr; rìoghachadh Rìgh Iain; cogadh na bliadhna 1297 agus gèilleadh Rìgh Iain is na coimhearsnachd poilitigich
- ◆ Eideard I agus comhaireachd Albannach, a' gabhail a-steach: riaghladh Eideird ann an Alba; èirigh na comhaireachd Albannaich agus às-èirigh Uilleim Uallas; Uallas mar fhear-glèidhidh; comhaireachd a' leantainn an dèidh 1298; lunnaidhean Sasannach agus gèilleadh Iain Comyn ann an 1304
- ◆ Rìgh Raibeart, Cogadh Catharra agus an cogadh an aghaidh Shasainn, a' gabhail a-steach: am Brusach a' glacadh cumhachd; taic airson agus dùbhlain an aghaidh a' Bhrusaich; iomairtean is innleachdan armailteach a' Bhrusaich; am Brusach a' sireadh sìth
- ◆ Rìgh Raibeart ann an cumhachd, a' gabhail a-steach: ath-stèidheachadh an ùghdarras rìoghail; fireanachadh agus cosaint rìoghrachas Raibeirt; dùbhlain air faire ris an rèite a rinneadh ann an 1328

Prìomh chùisean	Tuairisgeul air susbaint
<i>an rìoghachd fo Alasdair mac Alasdair (Alexander III), 1249–86</i>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>seannsadh agus òg-aois Alasdair mac Alasdair (Alexander III)</i> ◆ <i>nàdar agus farsaingeachd an ùghdarras rìoghail</i> ◆ <i>coimhearsnachd phoilitigeach: clèir, iarlan agus barain</i> ◆ <i>dàimhean le Sasainn: Eideard I, gabhaltas-fearainn is dilseachdan tar-chrìochail</i> ◆ <i>èiginn a' cho-arbais agus an cur fo chòir dhlìgheach (tailzie)</i>
<i>a' Ghlèidhteachd agus a' Chùis Mhòr, 1286–92</i>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>a' phàirt a chluicheadh leis na Fir-glèidhidh</i> ◆ <i>Cùmhnantan Salisbury agus Birgham–Northampton</i> ◆ <i>sgaraidhean sa choimhearsnachd phoilitigich an dèidh bàs na Maighdinn</i> ◆ <i>am Pròiseas aig Norham agus a' Chùis Mhòr</i> ◆ <i>a' phàirt a chluichead le Eideard I agus buileachadh an rìoghrachais ri Iain Balliol</i>
<i>Rìoghachadh Rìgh Iain, 1292–96</i>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>ath-stèidheachadh an riaghaltais rìoghail</i> ◆ <i>dàimh an Rìgh Iain le Eideard I</i> ◆ <i>cudromachd nan ath-thagraidhean laghail</i> ◆ <i>Comhairle an Dà-fhear-dheug agus Iain ag àicheadh ùmhlachd a dhèanamh</i> ◆ <i>adhbharan a' chogaidh 1296</i>

For-ghlacadh na h-Alba le Eideard I, 1296–97	<ul style="list-style-type: none"> ◆ arm na h-Alba a' tuiteam às a chèile, 1296 ◆ Rìgh Iain air a thoirt air falbh còmhla ris na samhlaichean nàiseanachais ◆ rianachd Warenne agus Cressingham ◆ tùsan na comhaireachd Albannaich ris an fhor-ghlacadh Shasannach, 1297
<i>Na chuir Uillam Uallas ris a' chùis, 1297–1305</i>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>às-èirigh Uilleim Uallas mar cheannard na comhaireachd</i> ◆ <i>na chuir Uallas ris a' chùis gu h-armailteach</i> ◆ <i>na chuir Uallas ris a' chùis gu poilitigeach agus gu dioplòmasach</i> ◆ <i>cùis-chùirte Uallais agus a chur gu bàs</i>
Comhaireachd Albannach agus Iunnaidhean Sasannach 1298–1305	<ul style="list-style-type: none"> ◆ comhaireachd Albannach a' leantainn an dèidh Blàr na h-Eaglaise Brice ◆ dioplòmasachd Albannach: an Fhraing agus a' Phàpachd ◆ Raibeart Brus a' tràigsinn, 1302 ◆ adhbharan airson gèilleadh Iain Comyn, 1304 ◆ òrdanas airson riaghladh na h-Alba, 1305
<i>Cumhachd ga ghabhail gun chòir agus Cogadh Catharra, 1306–09</i>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>am Brusach a' glacadh cumhachd, 1306</i> ◆ <i>nàdar an dùbhlain ris a' Bhrusach, 1306–09</i> ◆ <i>an eaglais mar thaicear a' Bhrusaich</i> ◆ <i>buaidh a' Bhrusaich sa Chogadh Chatharra ann an 1309</i>
Rìgh Raibeart agus an cogadh an aghaidh Shasainn, 1310–23	<ul style="list-style-type: none"> ◆ ro-innleachdan armailteach Raibeart, 1310–14 ◆ iomairt Eideird II ann an Alba, 1314 ◆ a' chudromachd armailteach is phoilitigeach aig Blàr Allt a' Bhonnaich, 1314–22 ◆ fosaidhean-aimhreit gan dèanamh
<i>Rìgh Raibeart agus riaghladh na h-Alba, 1309–20</i>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>ath-stèidheachadh an ùghdarras rioghail</i> ◆ <i>reachd arfuntachaidh, Camas Coinnich, 1314</i> ◆ <i>a' fireanachadh rioghrachas a' Bhrusaich: na Foirghill ann an 1309 agus ann an 1320</i> ◆ <i>a' dèanamh an rìgh-shliochda tèarainte: a' cur fo chòir dhligheach (tailzie) ann an 1315 agus 1318</i> ◆ <i>an co-fheall a rinneadh le Soules, 1320</i>
Co-arbas agus sìth, 1324–34	<ul style="list-style-type: none"> ◆ breith Dhàibhidh Brusach, 1324 ◆ ath-ùrachadh cogaidh an aghaidh Shasainn, 1327 ◆ Cùmhnant Dhùn Èideann-Northampton, 1328 ◆ dùbhlain ris a' cho-arbas agus ri sìth, 1332–34

Raon sgrùdaidh 3 — Alba: bho Chùmhnant an Aonaidh chun an t-Soillseachaidh, 1707–1815

Sgrùdadh air amalachadh poilitigeach agus fàs eaconamach ann an Alba san 18mh linn; air frionasan ann an co-chomann Albannach; agus air an diofar euchdan cultarach den àm Tèamaichean: còmhstri, dualchas agus leasachadh

Geàrr-chunntas

- ◆ co-choslachadh na Gàidhealtachd, a' gabhail a-steach: tùsan Sheumasachd agus an t-aramach ann an 1715; feartan suaicheanta na Gàidhealtachd; cùrsa èirigh nan Seumasach 1745–46; atharrachaidhean ann an co-chomann na Gàidhealtachd an dèidh an '45
- ◆ beairteas a' fàs, a' gabhail a-steach: malairt an dèidh an Aonaidh; morairean an tombaca; leasachadh àiteachais; gnìomhasachadh agus leasachadh bailteil; irean bith-beò ag atharrachadh
- ◆ seasmhachd phoilitigeach, a' gabhail a-steach: riaghladh na h-Alba an dèidh an Aonaidh; nàdar is cudromachd na Eaglaise Stèidhichte agus eaglaisean eile; 'an-uachdranachd Dundas'; aimhreit rè àm Rèabhaid na Frainge
- ◆ euchdan cultarach an t-Soillseachaidh, a' gabhail a-steach: foghlam agus dòighean-smuaineachaidh a thaobh leasachadh; eachdraidh, feallsanachd, aithris shòisealta; eadar-obrachaidhean le Sasainn agus an Roinn-Eòrpa; ailtireachd, peantadh, litreachas; bàrdachd agus cànanan na h-Alba
- ◆

Prìomh chùisean	Tuairisgeul air susbaint
Cùmhnant an Aonaidh, Glaschu, agus malairt an tombaca	<ul style="list-style-type: none"> ◆ cudromachd Cùmhnant an Aonaidh sa gheàrr-ùine agus san fhad-ùine ◆ buaidh Cùmhnant an Aonaidh air Glaschu agus air leasachadh malairt an tombaca ◆ morairean an tombaca
<i>Aramach nan Seumasach, 1715–19</i>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>a' phàirt a chluicheadh le Seumas an Seann Tagarach</i> ◆ <i>adhbharan agus farsaingeachd taice airson an aramaich 1715</i> ◆ <i>adhbharan airson fàilleadh an aramaich 1715</i> ◆ <i>nàdar agus cudromachd an aramaich 1719</i>
<i>Aramach nan Seumasach, 1745–46</i>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>farsaingeachd taice airson Tearlach Eideard Stiùbhart agus a' phàirt a chluicheadh leis gu pearsanta</i> ◆ <i>buaidhean agus mì-bhuaidhean</i> ◆ <i>adhbharan airson fàilligeadh</i>
<i>A' Ghàidhealtachd</i>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>co-chomann, dualchas agus eaconamaidh na Gàidhealtachd ro 1745</i> ◆ <i>buaidh an reachdais a lean air an aramach 1745–46</i> ◆ <i>atharrachaidhean ann am manaidsèadh oighreachdan air feadh an 18mh linn</i> ◆ <i>dòighean-smuaineachaidh mu dheidhinn nan Gàidheal am measg nan Gall agus nan Sasannach</i> ◆ <i>fuadach tràth, 1760–1815</i>

	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>àiteachas agus eaconamaidh, 1760–1815</i> ◆ <i>ìrean bith-beò, 1760–1815</i>
Gnìomhasachadh agus bailteachadh	<ul style="list-style-type: none"> ◆ cudromachd nan gnìomhachasan mòra a’ dol am meud, a’ gabhail a-steach obair-chlòtha, anmoch san 18mh linn ◆ a’ phàirt a chluicheadh le teicneòlas agus còmhhdhail ◆ adhartas a thaobh bailteachadh agus gnìomhasachadh ◆ cùisean sòisealta ann an galltachd na h-Alba air an adhbharachadh le fàs eaconamach
<i>Leasachadh àiteachais sa ghalldachd</i>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>cor an àiteachais sna 1700an</i> ◆ <i>na Leasachairean agus comhaireachd ris na beachd-smuainean aca</i> ◆ <i>atharrachaidhean roinneil</i> ◆ <i>an ìre de dh’adhartas aig ceann an linn</i> ◆ <i>an Cunntas Staitistigeach (‘Statistical Account’)</i>
<i>Riaghladh na h-Alba</i>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>cudromachd Rèabhlaid na Frainge</i> ◆ <i>an linn Ìleach</i> ◆ <i>an An-uachdranachd Dundas</i> ◆ <i>mì-shuaimhneas poblach agus radaigeachd phoilitigeach</i>
An Eaglais Stèidhichte	<ul style="list-style-type: none"> ◆ an t-àite atharrachail aig an Eaglais Stèidhichte rè an 18mh linn ◆ cuibheasaich agus soisgeulasaich ◆ Achd na Pàtranachd ◆ naomh-thrèigsinnean ◆ dùbhlain ri ùghdarras na h-Eaglaise Stèidhichte thar beatha is cultar na h-Alba
An Soillseachadh	<ul style="list-style-type: none"> ◆ adhbharan an t-Soillseachaidh ◆ nàdar is buaidh eadar-mheasgte an t-Soillseachaidh: feallsanachd, eachdraidh, eaconamas agus aithris sòisealta; cainnt, litreachas agus bàrdachd; saidheans; peantadh, ailtireachd agus dealbhachadh baile ◆ ceanglaichean ri Sasainn agus ris an Roinn-Eòrpa
<i>Foghlam</i>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>adhbharan agus buaidh an ath-leasachaidh foghlaim</i> ◆ <i>litearrachd, sgoiltean, an Comann Albannach airson Craobh-sgaoileadh Eòlas Criostaidheil (SSPCK) agus an gluasad airson acadamaich</i> ◆ <i>ath-leasachadh oilthighean</i>

Raon sgrùdadh 4 — na Stàitean Aonaichte: ‘taigh sgarichte’, 1850–65

Sgrùdadh air co-chomann Aimeireaganach ‘ante-bellum’ agus na frionasan na bhroinn; adhbharan agus nàdar a’ chòmhstri; agus toraidhean poilitigeach, sòisealta agus eaconamach bhon chòmhstri sin

Tèamaichean: còmhstri, còraichean, dearbh-aithne agus ùghdarras

Geàrr-chunntas

- ◆ co-chomann Aimeireaganach agus cogadh air fàire, a’ gabhail a-steach: ceistean poilitigeach, eaconamach agus sòisealta ag èirigh à ranntairean a bha air ùr-fhaighinn; Caidreachas le cumhachdan meadhanaichte ann an còmhstri le còraichean nan Stàitean; frionas eadar eaconamaidh nan tràilleann mu Dheas agus gnìomhasachd mu Thuath
- ◆ tighinn a’ chogaidh, a’ gabhail a-steach: ceistean chòraichean catharra; fàilligeadh a’ cho-rèiteachaidh; briseadh a-mach a’ chogaidh
- ◆ an Cogadh Catharra, a’ gabhail a-steach: tachartasan is leasachaidhean armailteach bho stèidh-amhairc an Aonaidh agus bho stèidh-amhairc a’ Chaidreachais; a’ phàirt a chluicheadh le cumhachdan cèin sa chòmhstri; na thachair ri Aimeireaganaich-Afraganach rè a’ chogaidh
- ◆ èifeachdan a’ chogaidh, a’ gabhail a-steach: na toraidhean poilitigeach; coir shòisealta is eaconamach mu Thuath agus mu Dheas

Prìomh chùisean	Tuairisgeul air susbaint
Co-chomann Aimeireaganach ann an 1850	<ul style="list-style-type: none"> ◆ deasbad mun chùis ‘fo-roinneileachd’ ◆ co-choltasan is diofaran eadar a Tuath agus a Deas ◆ co-choltasan is diofaran sòisealta agus cultarach eadar a Tuath agus a Deas ◆ co-choltasan is diofaran poilitigeach agus ideòlach eadar a Tuath agus a Deas ◆ a’ phàirt a chluicheadh le tràillealachd sna diofaran eadar a Tuath agus a Deas
<i>Tràillealachd san àm ante-bellum</i>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>nàdar, farsaingeachd agus buaidh na tràillealachd, a bha mar ghnàth stèidhichte</i> ◆ <i>argamaidean ann an cosaint airson agus ann an dùbhlann ri tràillealachd</i> ◆ <i>an gluasad airson tràillealachd a chur às agus an taic a fhuair e mu Thuath</i> ◆ <i>buaidh a’ ghluasad gus tràillealachd a chur às mu Dheas</i>
<i>An duilgheadas bho mheudachadh tìreach</i>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>sgrùdadh air a’ phròiseas tron do dh’fhàs ranntairean a bhith nan stàitean</i> ◆ <i>connspaid mu leigeil a-steach California</i> ◆ <i>an Co-rèiteachadh 1850 — na teirmean a bha ann agus na toraidhean a thàinig às</i> ◆ <i>uachdranas poblach agus an t-sabaid air an Achd Kansas–Nebraska de 1854 agus na h-èifeachdan aice</i> ◆ <i>buaidh phoilitigeach bho mheudachadh tìreach</i>

	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>tuiteam às a chèile a' phàrtaidh Chuigsich agus às-èirigh a' phàrtaidh Phoblachdaich</i> ◆ <i>'a' cho-fheall air cumhachd thràilleann</i> ◆ <i>breith a' Chùirt Uachdaraich ann an 1857 air Dred Scott</i> ◆ <i>buaidh na làimhe Deasaich ga meudachadh sa phàrtaidh Dheamocratach</i> ◆ <i>brìgh nan taghaidhean meadhan-teirm Comhdhàlach ann an 1858 agus na deasbadaid eadar Lincoln is Douglas</i>
<i>An taghadh ann an 1860, eadar-sgaradh agus briseadh a-mach a' chogaidh</i>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>an taghadh ann an 1860 agus a' bhrìgh a bha aige</i> ◆ <i>adhbharan airson fàilligeadh gus co-rèiteachadh a ruigsinn ann an 1860–61</i> ◆ <i>eadar-sgaradh nan Deasach an dèidh taghadh a' chinn-shuidhe 1860</i> ◆ <i>stèidheachadh a' Cho-chaidreachais</i> ◆ <i>seannsadh Lincoln agus mar a làimhsich e èiginn an eadar-sgaraidh</i> ◆ <i>sabaid a' briseadh a-mach</i> ◆ <i>adhbharan a' chogaidh</i>
<i>An còmhstri armailteach</i>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>nàdar a' chòmhstri agus co-chomann Aimeireaganach</i> ◆ <i>seasamhan air sgiobachd, togail fheachdan agus dleastanas-airm</i> ◆ <i>buaidh an teicneòlais</i> ◆ <i>buannachdan agus laigsean an Aonaidh agus a' Cho-chaidreachais aig toiseach a' chogaidh</i> ◆ <i>na h-iomairtean agus an cathachadh</i> ◆ <i>ro-innleachd agus innleachdan</i> ◆ <i>prìomh thèataran a' chogaidh</i> ◆ <i>cudromachd an thèatair an iar</i> ◆ <i>suidheachadh Stàitean na Criche</i> ◆ <i>an còmhstri armailteach mar aon de na ciad chogaidhean nua-aimsireil</i> ◆ <i>na thachair ri saighdearan rè a' chogaidh</i> ◆ <i>na bha na saighdearan a' strì air a shon</i> ◆ <i>fèin-fhiosrachadh de chòmhrag agus de bheatha a' champa</i>
<i>An cogadh aig an taigh agus thall-thairis</i>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>dòighean-obrach is oidhirpean eadar-dhealaichte gus ionmhas fhaighinn airson a' chogaidh mu Thuath agus mu Dheas</i> ◆ <i>buaidh a' chogaidh air na h-eaconamaidhean mu Thuath agus mu Dheas</i> ◆ <i>buaidh shòisealta a' chogaidh — fèin-fhiosrachadh co-phàirtichte mu Thuath agus mu Dheas</i> ◆ <i>a' phàirt a chluicheadh le boireannaich sa chòmhstri</i> ◆ <i>dùbhlann ri dleastanas-airm</i> ◆ <i>còraichean nan Stàitean mu Dheas</i> ◆ <i>an sealladh eadar-nàiseanta</i>

<p><i>Ceannardas rè a' Chogaidh Chatharra</i></p>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>ceannardas poilitigeach</i> ◆ <i>ceannas Lincoln, na dàimhean aige le luchd-poilitigs, le seanailearan agus leis a' phoblach</i> ◆ <i>ceannas Davis, na dàimhean aige le luchd-poilitigs, le seanailearan agus leis a' phoball</i> ◆ <i>dùbhlàn ris a' chogadh, mu Thuath agus mu Dheas, agus còraichean nan Stàitean mu Dheas</i> ◆ <i>ceannardas armailteach, an ceannardas armailteach aig Grant agus aig Lee rè a' Chogaidh Chatharra</i>
<p><i>Gairm Saorsa bhon Chuing agus na builean aice</i></p>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>às-èirigh a' phoileasaidh aig Lincoln</i> ◆ <i>builean a thàinig an cois nan gairmean sa bhad agus san fhad-ùine</i> ◆ <i>fireanachadh a' chinn-shuidhe airson na gairme</i> ◆ <i>oidhirp a' chogaidh a rinneadh le Aimearaganaich-Afraganach agus mar a ghabh na Deasaich ris</i> ◆ <i>gabhail ris eadar-nàiseanta</i> ◆ <i>suidheachadh nan Aimeireaganach-Afraganach ann an 1865</i>
<p><i>An taghadh ann an 1864</i></p>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>cudromachd thachartasan armailteach airson cùrsa an taghaidh</i> ◆ <i>sgaraidhean taobh a-staigh gach cuid a' phàrtaidh Phoblachdaich agus a' phàrtaidh Dheamocrataich</i> ◆ <i>àrd-ùrlaran nan tagraichean</i> ◆ <i>deasbad air a' chùis Ath-thogail</i> ◆ <i>anailis air nàdar iomairt an taghaidh ann an 1864</i> ◆ <i>cudromachd nam pàtranan bhòtaidh ann an 1864</i> ◆ <i>toradh an taghaidh</i>
<p><i>Adhbharan airson buaidh nan Tuathach agus mì-bhuaidh nan Deasach</i></p>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>eaconamach: ionmhas, comasachd ghnìomachail, còmh dhail</i> ◆ <i>armailteach: sgiobachd, ro-innleachd, seanailearachd</i> ◆ <i>poilitigeach: ceannardas, còraichean Stàitean, dioplòmasachd eadar-nàiseanta</i> ◆ <i>sòisealta: misneachd, fronta a' bhaile</i>

Raon sgrùdaidh 5 — Iapan: nodhachadh nàisein, 1840–1920

Sgrùdadh air dearbh-aithne phoilitigeach atharrachail Iapain; na forsaichean a' toirt atharrachaidhean gu buil; agus èifeachdan nan atharrachaidhean sin taobh a-staigh Iapain agus thall-thairis

Tèamaichean: ideòlas, dearbh-aithne, ùghdarras agus cultar

Geàrr-chunntas

- ◆ Iapan ann am meadhan an 19mh linn, a' gabhail a-steach: an structar sòisealta; creideamhan agus creididhean poilitigeach; coir eaconamach; structar an riaghlaidh
- ◆ forsaichean airson atharrachadh, a' gabhail a-steach: trioblaidean eaconamach agus an structar sòisealta atharrachail; nàiseantachas; brùthaidhean bho chumachdan cèin
- ◆ rèabhlaid, a' gabhail a-steach: tuiteam nan shoguns, ath-stèidheachadh ìmpireil, riaghladh agus cumhachd phoilitigeach atharrachail; ath-leasachaidhean, crìoch na fiùdalachd, ath-leasachadh foghlaim; ath-leasachaidhean armailteach agus cabhlachail; atharrachaidhean is leasachaidhean eaconamach
- ◆ Iapan mar chumachd thòiseachail san t-saoghal, a' gabhail a-steach: dàimhean atharrachail le cumhachdan cèin; cogadh ri Sìona 1894–95; cogadh ris an Ruis 1904–05; Iapan sa Chiad Chogadh Mhòr; an rèiteachadh iar-chogaidh

Prìomh chùisean	Tuairisgeul air susbaint
Co-chomann agus cultar ann am meadhan an 19mh linn	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>nàdar a' cho-chomainn Iapanaich ann an 1850</i> ◆ <i>àireamh-shluaigh mu 1850 agus na feartan air leth aige: an structar dual-fhine</i> ◆ <i>a' phàirt a chluicheadh le boireannaich sa cho-chomann</i> ◆ <i>rangachd chreididhean: Bushido agus còd dìlseachd nan Samurai, còd moralta Confucius, Budachd mar chreideamh, Shinto agus an Spiorad Diadhaidh</i> ◆ <i>buaidh na Crìostaidheachd agus eagal roimhpe</i>
Eaconamaidh agus riaghltais ann am meadhan an 19mh linn	<ul style="list-style-type: none"> ◆ an ìre den aonaranachd a bha aig Iapan ◆ eaconamaidh fèin-fhoghainteach, ìre de dh'iomadachd ann an gnìomhachas, cultar eaconamach ◆ ìrean litearrachd ◆ structar an riaghaltais ◆ stàit mheadhanaichte ◆ measadh air na pàirtean fa leth a chluicheadh leis an ìmpire, leis an shogunachd aig Tokugawa, leis na bakufu, leis na daimyo agus na flaitheis aca ◆ fineachan Choshu, Satsuma, Hizen agus Tosa, agus a' phàirt a chluicheadh leis a' cheann-feadhna
Factaran sòisealta, eaconamach agus poilitigeach ag adhbharachadh atharrachadh	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>na prìomh raointean de mhi-shuaimhneas taobh a-staigh am measg nan diofar rangan ann an co-chomann</i> ◆ <i>ath-bhualaidhean bho fhiachan nam bakufu a' dol am meud</i> ◆ <i>sgleò ann an structar dual-fine</i> ◆ <i>ath-bheòthachadh chreididhean Shinto a' cur cuideam air àraidheachd is cudromachd Iapain agus Sakuma</i>

	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>Shozan agus an t-sluagh-ghairm ‘Beusan an Ear: saidheans an lar’</i> ◆ <i>na h-adhbharan airson nan deasbadaan taobh a-staigh air cudromachd na malairt cèine agus cumail nan coigreach a-mach à Iapan</i> ◆ <i>oidhirp air ath-leasachadh leis na h-ath-leasachaidhean Tenpo aig Mizuno Tadakuni, an ìre chuibhrichte de shoirbheas a bha aca agus am fàilligeadh a lean orra</i>
<i>Buaidhean bho dhùthchann cèin agus a’ bhuidh a bha aca taobh a-staigh Iapan</i>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>buaidh thràth nan Spàinnteach, nan Duidseach agus nan Breatannach air Iapan</i> ◆ <i>teachd Perry agus nan Longan Dubha</i> ◆ <i>iarrtasan nan Cùmhnantan Neo-ionann agus an fhreagairt riutha taobh a-staigh Iapan</i> ◆ <i>a’ phàirt a chluicheadh le forsaichean cèin ann an tuiteam nam Tokugawa Bakufu</i> ◆ <i>an gluasad ‘Sonno Joi’</i> ◆ <i>radaigeachd nam fear Shishi</i> ◆ <i>a’ phàirt a chluicheadh leis a’ chaidreabhas Choshu–Satsuma</i>
<i>Ath-leasachadh poilitigeach agus suidheachadh atharrachail an Ìmpire</i>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>tuiteam nan Shogun</i> ◆ <i>an t-Ìmpire Meiji</i> ◆ <i>Mionnan Cairte de Ghiblean 1868</i> ◆ <i>a’ phàirt a chluicheadh leis an tosgaireachd Iwakura ann a bhith a’ toirt cruth ri agus a’ leasachadh riaghaltas Iapanach</i> ◆ <i>àrd-riaghaltas agus a’ phàirt a chluicheadh leis an ìmpire</i> ◆ <i>às-èirigh nam pàrtaidhean poilitigeach</i> ◆ <i>leasachaidhean ann an riaghladh: a’ bhun-reachd de 1889, atharrachaidhean a lean oirre</i>
<i>Ath-leasachaidhean sòisealta</i>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>a’ phàirt a chluicheadh leis an tosgaireachd Iwakura ann a bhith a’ toirt cruth ri ath-leasachaidhean sòisealta</i> ◆ <i>cur às an structair dual-fhine</i> ◆ <i>foghlam</i> ◆ <i>siostam an lagha</i>
<i>Ath-leasachaidhean gnìomhachail, armailteach agus cabhlachail</i>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>dileab eaconamach a dh’fhàg na Tokugawa</i> ◆ <i>a’ phàirt a chluicheadh leis an tosgaireachd Iwakura agus cleachdadh an eòlais choigrich gus cruth a chur ri ath-leasachadh armailteach agus cabhlachail</i> ◆ <i>a’ phàirt a chluicheadh leis an riaghaltas Meiji ann an gnìomhachas agus na zaibatsu</i> ◆ <i>cudromachd bhuanachail an àiteachais</i> ◆ <i>stèidheachadh arm nàiseanta agus leasachadh nèibhidh</i> ◆ <i>dleastanas-airm air a thoirt a-steach</i> ◆ <i>buaidh nan ath-leasachaidhean gnìomhachail agus armailteach air cor na beòshlainte agus air suidheachaidhean-obrach</i> ◆

<p>Cogadh ri Sìona, 1873–97</p>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ Cogadh ri Sìona: adhbharan agus builean ◆ èiginn Coirèanach: dàimhean eadar Iapan is Sìona a thaobh Coiria ◆ suidheachadh a dh'adhbharaich an toradh gun robh na gairmean gu gnìomh a rinn Saigo Takamori air an cumail fodha ◆ an tachartas Formosa: cudromachd nan eileanan Ryuku, 1871 ◆ Cùmhnant Tianjin, 1858 ◆ tachartasan a bha mar ro-chùis ri cogadh, agus Cùmhnant Tianjin mar chnag na cùise ◆ Cùmhnant Shimonoseki, 1895
<p><i>Cogadh ris an Ruis, 1904–05</i></p>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>Cogadh ris an Ruis: adhbharan, tachartasan agus builean</i> ◆ <i>Eadar-theachd Tri-earrannach, coileanadh na rèile tar-Shiberianaich</i> ◆ <i>caidreabhas le Breatann, 1902</i> ◆ <i>tachartasan mu thimcheall Rèabhlaid nam Bogsairean</i> ◆ <i>tachartasan a' chogaidh: a' phàirt a chluicheadh le ceannardan armailteach, buaidhean cabhlachail</i> ◆ <i>Cùmhnant Portsmouth</i> ◆ <i>car ga chur de na Cùmhnantan Neo-ionann</i>
<p>Bliadhnachan Taisho</p>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ leasachaidhean poilitigeach ◆ a' phàirt a chluicheadh le Iapan sa Chiad Chogadh Mhòr ◆ builean eaconamach bho chompàirteachadh Iapain sa chogadh ◆ Iapan aig Versailles agus aig Lig nan Nàiseanan ◆ Iapan mar chumachd eadar-nàiseanta ann an 1920

Raon sgrùdaidh 6 — a' Ghearmailt: bho dheamocrasaidh gu deachdaireachd, 1918–39

Sgrùdadh air nàdar atharrachail an ùghdarras phoilitigich; na h-adhbharan airson atharrachaidhean; agus na builean airson caractar atharrachail an ùghdarras phoilitigich
Tèamaichean: ideòlas, ùghdarras agus rèabhlaid

Geàrr-chunntas

- ◆ cruthachadh na poblachd Weimar, a' gabhail a-steach: mì-bhuaidh armailteach; Rèabhlaid na Samhna agus Cùmhnant Versailles; neo-sheasmhachd shòisealta agus phoilitigeach; èiginn eaconamach agus os-atmhorachd
- ◆ àm de sheasmhachd ri choimeas, a' gabhail a-steach: ath-leasachadh an airgid agus am plana Dawes; solar shochairan sòisealta; linn Stresemann ann an cùisean cèin
- ◆ tuiteam na poblachd Weimar, a' gabhail a-steach: ìsleachadh eaconamach agus cion-cosnadh mòr; lagachadh deamocrasaidh; Brüning gu Schleicher; èirigh na Nàsachd; poileasaidhean sòisealta agus cinneadail nan Nàsach; poileasaidhean eaconamach agus cèin nan Nàsach; comhaireachd agus dùbhlàn

Prìomh chùisean	Tuairisgeul air susbaint
Rèabhlaid Ghearmailteach agus cruthachadh na poblachd Weimar, 1918–19	<ul style="list-style-type: none"> ◆ mì-bhuaidh armailteach ann an 1918: claon-sgeul agus fìorachd ◆ nàdar agus cuibhreachadh na rèabhlaid: rèabhlaid 'a-nuas'; rèabhlaid 'a-nìos' ◆ foirgheall na poblachd agus an co-aonta Ebert–Groener ◆ Zentralarbeitsgemeinschaft (ZAG): riaghaltas rèabhlaidheach, luchd-gnìomhachais agus aonaidhean-ciùird ◆ aramach nan Spartacists agus mar a chaidh a chumail fodha ◆ ullachadh agus gabhail ri bun-reachd ùr
Cùmhnant Versailles: cudromachd phoilitigeach agus eaconamach	<ul style="list-style-type: none"> ◆ clàsan tìreach ◆ clàsan armailteach ◆ èirigean agus clàs ciont a' chogaidh ◆ freagairtean nan Gearmailteach ris a' Chùmhnant ◆ èifeachdan fad-ùine a' Chùmhnant
Èiginnean poilitigeach agus eaconamach, 1919–23	<ul style="list-style-type: none"> ◆ dùbhlain bhon làimh chli ◆ dùbhlain bhon làimh dheis ◆ os-atmhorachd: buaidh eaconamach, shòisealta agus phoilitigeach ◆ crìoch na h-os-atmhorachd
Linn Stresemann: poileasaidh dachaigheil agus cèin, 1924–29	<ul style="list-style-type: none"> ◆ na reusanan agus leasachadh poilitigeach aig Stresemann ◆ taic airson na poblachd: Hindenburg air a thaghadh mar cheann-suidhe ◆ feabhas eaconamach no mealladh? ◆ solaran shochairan sòisealta ◆ poileasaidh cèin: 'Erfüllungspolitik' ◆ Stresemann: deagh Eòrpach no deagh Ghearmailteach no an dà chuid?

<p><i>Tuiteam na poblachd Weimar, 1929–33</i></p>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>èifeachdan an ìsleachaidh eaconamaich</i> ◆ <i>freagairtean bho riaghaltasan agus bho luchd-bhòtaidh ris an staing</i> ◆ <i>seansalairachd Brüning</i> ◆ <i>èirigh nan Nàsach: dèanadas san Reichstag agus ann an taghaidhean a’ chinn-shuidhe</i> ◆ <i>ceannardas Hitler; nàdar na taice airson nan Nàsach; mearachdan is laigsean an luchd-dùbhlain</i> ◆ <i>na Nàsaich agus poilitigs cluaineis</i> ◆ <i>Hitler a’ fàs seansailear</i>
<p><i>Co-dhaingneachadh cumhachd nan Nàiseantach-Sòisealach, 1933–34</i></p>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>an Reichstag na theine, Àithnean a’ Ghearrain, an Lagh Comasachaidh</i> ◆ <i>uamhar agus ceannsal: ath-eagrachadh a’ phoileis; cruthachadh na Gestapo; a’ phàirt a chluicheadh leis an SS</i> ◆ <i>concordait leis a’ Bhatacan</i> ◆ <i>‘Oidhche nan Sgeanan Fada’; bàs Hindenburg; bòid dìlseachd</i> ◆ <i>Gleichschaltung (co-òrdanachadh) frontaichean agus eagrachadh phàrtaidhean</i>
<p><i>Nàdar an rèim Nàiseantaich-Sòisealta, 1933–39</i></p>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>‘claon-sgeul Hitler’; propaganda</i> ◆ <i>Hitler: ceannard làidir no deachdair lag — dèanamh cho-dhùnaidhean san Treas Reich</i> ◆ <i>structaran cumhachd traidiseanta</i> ◆ <i>a’ phàirt a chluicheadh leis a’ phàrtaidh Nàsach</i> ◆ <i>‘SS–Gestapo complex’</i> ◆ <i>riaghaltas Nàsach: ‘polycratic’, fiùdalach, troimh chèile</i>
<p><i>Oidhirpean gus Volksgemeinschaft a chruthachadh, 1933–39</i></p>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>oileanachd chinneadail nan Nàsach agus Volksgemeinschaft mar amas</i> ◆ <i>poileasaidhean cinneadail nan Nàsach: geur-leanmhainn nan lùdhach agus ‘Coigreach’ eile</i> ◆ <i>poileasaidhean airson an luchd-obrach; poileasaidhean airson na Mittelstand</i> ◆ <i>poileasaidhean òigridh agus foghlaim</i> ◆ <i>poileasaidhean air boireannach</i> ◆ <i>poileasaidhean air creideamh agus na h-eaglaisean</i>
<p><i>Poileasaidhean eaconamach agus cèin, 1933–39</i></p>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>a’ brodachadh feabhas eaconamach</i> ◆ <i>Schacht: a’ phàirt a chluich e agus a chudromachd</i> ◆ <i>Göring agus am Plana Ceithir Bliadhna</i> ◆ <i>amasan poileasaidh cèin nan Nàsach</i> ◆ <i>buaidh a’ phoileasaidh chèin air an eaconamaidh, air a’ cho-chomann agus air ‘faoin-sgeul Hitler’</i> ◆ <i>a’ cruthachadh eaconamaidh uidheamaichte airson cogadh?</i>
<p><i>Comhaireachd ris an rèim, 1933–39</i></p>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>duilgheadasan a thaobh ‘comhaireachd’ a mhìneachadh</i> ◆ <i>cumhachd uidheaman an uamhair: co-èigneachadh agus co-aontachadh</i>

	<ul style="list-style-type: none">◆ <i>comhaireachd bho na h-eaglaisean</i>◆ <i>comhaireachd bhon arm</i>◆ <i>farsaingeachd na comhaireachd agus na trioblaidean air aghaidh luchd-dùbhlain</i>
--	---

Raon sgrùdadh 7 — Afraga a Deas: cinneadh agus cumhachd, 1902–84

Sgrùdadh air còmhstri chinealan is chlasan ann an co-chomann a bha a' gnìomhasachadh agus air na brùthaidhean eadar-nàiseanta air a' cho-chomann sin
Tèamaichean: ideòlas, ùghdarras, còraichean agus comhaireachd

Geàrr-chunntas

- ◆ cruthachadh Afraga a Deas bho 1902 gus an Rèiteachadh Bun-reachdail ann an 1910, a' gabhail a-steach: buaidh cogadh nam Boers agus Cùmhnant Vereeniging; eaconamaidh Afraga a Deas; poileasaidhean dachaigheil ron aonadh; dàimhean Afraga a Deas le Breatann; freumhan nàiseantachas nan Afrikaner
- ◆ leasachaidhean poiliteagach bho 1910 gus an taghadh ann an 1948, a' gabhail a-steach: dòighean-obrach diofaraichte aig Hertzog agus Smuts agus leasachaidhean poiliteagach am measg a' cho-chomainn ghil; às-èirigh a' Phàrtaidh Aonaichte agus nan Nàiseantach; coimhearsnachdan neo-gheala agus a' phoilitigs aca; stèidheachadh Còmhdhail Nàiseanta Afraganach (ANC)
- ◆ riaghailt nan Nàiseantach suas gu, agus a' gabhail a-steach, a' bhun-reachd de 1984, a' gabhail a-steach: Broederbond agus adhartas Afrikanerachd; poileasaidhean apartheid agus na h-èifeachdan aca; Bantustans agus tìrean-dàimh neo-eisimeileach; dùbhlann bho thaobh a-staigh a' cho-chomainn ghil; comhaireachd neo-gheal, gu h-àraid bhon ANC; sgaraidhean san ANC agus cruthachadh na Còmhdhalach Pan-Afraganaich (PAC); freagairtean ris an dùbhlann, Cùis-chùirte na Traoidhtearachd, Sluagh-mhurtachd Sharpeville, cruthachadh Umkhonto we Sizwe agus fòirneart, Cùis-chùirte Rivonia agus Nelson Mandela ga chur ann am prìosan, Soweto 1976
- ◆ brùthaidhean eadar-nàiseanta, a' gabhail a-steach: suidheachadh Afraga a Deas ann an Ìmpireachd Bhreatainn agus sa Cho-fhlaitheas, 1910–61; ballrachd a' Cho-fhlaitheis a' crìochnachadh; brùthaidhean bho na Dùthchannan Aonaichte; na stàitean air an 'lòidhne-aghaidh' agus poileasaidh cèin Afraga a Deas, a' cheist a thaobh cheanglaichean spòrs

Prìomh chùisean	Tuairisgeul air susbaint
Cruthachadh Afraga a Deas, 1902–10	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>buaidh cogadh nam Boer air Afraga a Deas</i> ◆ <i>Cùmhnant Vereeniging</i> ◆ <i>eaconamaidh Afraga a Deas (a' gabhail a-steach àiteachas, mèinneadh, gnìomhachas agus siostam an luchd-obrach-imrich)</i> ◆ <i>poileasaidhean dachaigheil aig Milner agus Selborne</i> ◆ <i>dàimhean le Breatann</i> ◆ <i>Rèiteachadh Bun-reachdail 1910</i> ◆ <i>freumhan nàiseantachas nan Afrikaner</i>
Sgaradh cinneadail tràth, 1910–24	<ul style="list-style-type: none"> ◆ poileasaidhean dachaigheil aig Botha agus Smuts ◆ Hertzog ga sgaradh bho Phàrtaidh Afraga a Deas agus na thachair mar bhuil ◆ nàdar nam poileasaidhean tràtha air sgaradh cinneadail — obair shaor ◆ dàimhean eadar Afrikaners agus Breatannaich ◆ an taghadh ann an 1924 agus cruthachadh an riaghaltais Pact
Buaidh nan Afrikaner ga	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>nàiseantachas Afrikaner a' fàs</i>

<i>meudachadh, 1924–39</i>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>an ìre de dh-eadar-dhealachaidhean eadar Hertzog agus Smuts</i> ◆ <i>poileasaidhean dachaigheil, 1924–33</i> ◆ <i>tighinn ri chèile agus cruthachadh a’ Phàrtaidh Aonaichte</i> ◆ <i>reachdas a’ Phàrtaidh Aonaichte</i>
<i>Afraga a Deas agus an Dàrna Cogadh Mòr</i>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>Hertzog a’ leigeil dheth a dhreuchd a thaobh Afraga a Deas ag inntigeadh an Dàrna Cogaidh Mhòir</i> ◆ <i>builean sòisealta is eaconamach a’ chogaidh</i> ◆ <i>an aithisg Sauer agus an coimisean Fagan</i> ◆ <i>adhbharan airson buaidh a’ Phàrtaidh Nàiseanta ann an 1948</i>
<i>Dùbhlain, 1910–48</i>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>cruthachadh Còmhdhail Nàiseanta Dùthchasail Afraga a Deas (SANNC) agus Còmhdhail Nàiseanta Afraganach (ANC), agus mar a leasaich iad an dèidh làimhe</i> ◆ <i>cudromachd Aonadh an Luchd-obrach Ghnìomhachail agus Choimeirsealta (ICU)</i> ◆ <i>compàirteachadh Pàrtaidh Coimiunach Afraga a Deas (CPSA)</i> ◆ <i>nàdar na comhaireachd dùthchail</i> ◆ <i>‘Tagraidhean Afraganach’, Lig Òigridh an ANC</i>
<i>Apartheid tràth, 1948–60</i>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>tùsan teòiridheach is ideòlach apartheid</i> ◆ <i>lethbhreac-gorm airson gnìomh no freagairt phragmatach</i> ◆ <i>poileasaidhean apartheid agus na h-èifeachdan aca</i> ◆ <i>‘Leasachadh Sgaraichte’ agus cruthachadh nan ‘tìrean-dàimh neo-eisimeileach’</i>
<i>Nàiseantachas Afraganach a’ fàs, 1948–60</i>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>Prògram Gnìomh an ANC</i> ◆ <i>a’ phàirt a chluicheadh leis an ANC</i> ◆ <i>Iomairt Dùbhlain agus Cairt na Saorsa</i> ◆ <i>Nàiseantachas Afraganach a’ fàs</i> ◆ <i>an sgaradh eadar an ANC agus a’ Chòmhdhail Phan-Afraganach (PAC)</i> ◆ <i>Sluagh-mhurtachd Sharpeville</i> ◆ <i>dùbhlain bho thaobh a-staigh a’ cho-chomainn ghil</i>
<i>Apartheid, 1960–84</i>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>a’ phàirt a chluicheadh le ‘Leasachadh Sgaraichte’</i> ◆ <i>oidhirpean an riaghaltais gus dùbhlain a thostadh</i> ◆ <i>‘freagairt na cloiche-gràine’ bho Verwoerd</i> ◆ <i>ceannsal na stàite fo Vorster agus Botha</i> ◆ <i>atharrachaidhean sòisealta agus eaconamach agus a’ bhuidh a bha aca air poileasaidh a’ Phàrtaidh Nàiseanta (NP)</i> ◆ <i>an Ro-innleachd Iomlan a bha aig PW Botha, 1978–84</i>
<i>Comhaireachd, 1960–84</i>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>cruthachadh Umkhonto we Sizwe agus Poqo</i> ◆ <i>cudromachd an ANC air fògradh</i> ◆ <i>Steve Biko agus an Gluasad Fèin-fhiosrachadh nan Dubha</i> ◆ <i>mì-shuaimhneas Afraganach a’ fàs, 1970–84, a’ gabhail a-steach aramach Soweto</i>

	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>ceanglaichean eadar comhaireachd taobh a-staigh na dùthcha agus gluasadan dùbhlain taobh a-muigh Afraga a Deas</i>
Afraga a Deas agus a' choimhearsnachd eadar-nàiseanta, 1960–84	<ul style="list-style-type: none"> ◆ buaidh 'gaothan an atharrachaidh' ann an Afraga ◆ brùthaidhean bho na Dùthchannan Aonaichte air Afraga a Deas ◆ buaidh bho chrìoch riaghladh nam Portagaileach ann an Angòla agus Mosambìog ◆ builean bho chrìoch riaghladh a' mhion-shluaigh ghil ann an Zimbabwe ◆ ìmpleachdan a' Chogaidh Fhuair airson Afraga a Deas ◆ buaidh a' ghluasad an aghaidh apartheid

Raon sgrùdaidh 8 — an Ruis: bho Tsàrachd gu Stalineachd, 1914–45

Sgrùdadh air ideòlas poilitigeach mar a fhuair eadhadh san stàit Coimiunach; nàdar atharrachail an ùghdarras; agus toraidhean poileasaidh a thàinig às a' phoileasaidh sin Tèamaichean: ideòlas, ùghdarras agus rèabhlaid

Geàrr-chunntas

- ◆ èirigh nam Boilseabhach ri cumhachd, a' gabhail a-steach: cor a' cho-chomainn sna bliadhnachan dìreach ron Rèabhlaid; Rèabhlaid a' Ghearrain agus frith-ghluasadan nam Boilseabhach rithe; adhbharan is nàdar Rèabhlaid na Dàmhair agus na thachair mar bhuil sa bhad
- ◆ Lenin agus co-dhaingneachadh cumhachd, a' gabhail a-steach: às-tharraing bhon Chiad Chogadh Mhòr; an Cogadh Catharra agus adhbharan airson buaidh nam Boilseabhach; poileasaidh eaconamach atharrachail, bho Choimiunachd Cogaidh gu Poileasaidh Eaconamach Ùr; leasachadh poilitigeach na stàite Sobhietich; poileasaidh cèin fo Lenin
- ◆ cruthachadh an t-siostaim Stalineachd, a' gabhail a-steach: Stalin a' strì an aghaidh a chomhstrithich airson cumhachd; poileasaidhean gnìomhasachaidh agus co-shealbhadh; na Purgaidean
- ◆ sgaoileadh an ùghdarras Stalinich, a' gabhail a-steach: seallaidhean poilitigeach, sòisealta is culturach na stàite Stalinich; an Ruis agus Cogadh Mòr nan Tìr-ghràdhach

Prìomh chùisean	Tuairisgeul air susbaint
Cogadh agus fàillingeadh a' cho-chomainn Ruiseanaich, 1914 gu Faoilleach 1917	<ul style="list-style-type: none"> ◆ cor a' cho-chomainn is riaghaltas Ruiseanaich sna bliadhnaichean dìreach ron rèabhlaid ◆ fàillingeadh a' cho-chomainn is riaghaltas Ruiseanaich rè bliadhnachan a' Chiad Chogaidh Mhòir; a' phàirt a chluicheadh le factaran eaconamach, ionmhasail, sòisealta, armailteach agus poilitigeach ann an tuiteam an autocrasaidh
Rèabhlaid a' Ghearrain	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>tachartasan an cois an Tsàr a' leigeil dheth an crùn sa Ghearran 1917</i> ◆ <i>a' phàirt a chluicheadh le luchd-obrach, boireannaich agus pàrtaidhean rèabhlaideach ann an Rèabhlaid a' Ghearrain</i> ◆ <i>freagairtean rèabhlaideach: Boilseabhaich, Menseabhaich, Kadets, rèabhlaidich Shòisealaich</i> ◆ <i>cùl-fhiosrachadh mu dheidhinn cruthachadh an Riaghaltais Shealadaich agus an Sobhiet de Phetrograd</i>
An Riaghaltas Sealadach agus Rèabhlaid na Dàmhair	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>cumhachd dhùbailte: obrachadh, coileanaidhean agus builean</i> ◆ <i>tilleadh Lenin agus Teusasan a' Ghiblein</i> ◆ <i>trioblaidean aig an Riaghaltas Sealadach: cogadh, fearann, mì-shuaimhneas, mion-shluaghan nàiseanta agus eaconamaidh</i> ◆ <i>crìonadh an Riaghaltais Shealadaich bhon Ghiblean gus an t-Sultain: buaidh agus builean bho Làithean an Luchair agus an gnothach Kornilov</i> ◆ <i>a' phàirt a chluicheadh le pàrtaidhean poilitigeach: Boilseabhaich, Rèabhlaidich Shòisealaich (SRs), Menseabhaich agus Kadets</i> ◆ <i>cùl-raon an cois Rèabhlaid na Dàmhair</i>

	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>tachartasan na Dàmhair; an t-àite a chluich Lenin agus Trotsky; an t-àite a chluich luchd-obrach</i> ◆ <i>nàdar Rèabhaid na Dàmhair agus na thachair mar bhuil sa bhad</i> ◆ <i>ciad cheuman ri stàit Bhoilseabhach: àithnean tràtha agus ath-leasachaidhean sòisealta; seasamhan air na pàipearan-naidheachd agus caisgireachd; Còmhdhail Luchd-taghaidh, pàrtaidhean poilitigeach eile; cruthachadh Cheka, agus a' phàirt a chluicheadh le Sovnarkom san Dùbhlachd 1918</i>
An co-theacsa eadar-nàiseanta, 1917–24	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>èifeachd às-tharraing bhon Chiad Chogadh Mhòr; Àithne air Sìth agus Cùmhnant Brest-Litovsk: a' phàirt a chluicheadh le Lenin agus Trotsky</i> ◆ <i>poileasaidh cèin Lenin</i> ◆ <i>gnìomhan agus a' phàirt a chluicheadh le Comintern, 1917–24</i>
<i>An Cogadh Catharra</i>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>dìofar sheòrsachan de cogadh a chaidh a shabaid</i> ◆ <i>reusanan airson taic</i> ◆ <i>neartan is laigsean nan Geala agus nan Dearga</i> ◆ <i>eadar-theachd cèin</i> ◆ <i>factaran a' toirt buaidh air an toradh</i>
An stàit Shobhieteach: bho Choimionachd Cogaidh gu Poileasaidh Eaconamach Ùr, 1918–24	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>feartan Coimionachd a' Chogaidh</i> ◆ <i>aramach Kronstadt</i> ◆ <i>crìochnachadh Coimionachd a' Chogaidh; toirt a-steach a' Phoileasaidh Eaconamaich Ùr (NEP)</i> ◆ <i>measadh air an NEP</i> ◆ <i>an 10mh Còmhdhail a' Phàrtaidh, an toirmeasg air faigseanan agus an gluasad a dh'ionnsaigh deachdaireachd aon-phàrtaidh</i> ◆ <i>dàimh an riaghaltais leis a' Phàrtaidh Choimionaich</i> ◆ <i>poileasaidhean a dh'ionnsaigh mion-shluaghan nàiseanta</i>
<i>Stalin a' strì airson cumhachd</i>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>bliadhnachan mu dheireadh Lenin, 1917–24</i> ◆ <i>cult Lenin</i> ◆ <i>na cothaichean — Trotsky, Zinoviev, Kamenev, Stalin, Rykov, Tomsky, Bukharin</i> ◆ <i>na cùisean — ceannardas, eaconamaidh, nàdar na rèabhaid</i> ◆ <i>adhbharan airson buaidh Stalin</i>
Gnìomhasachadh agus co-shealbhadh	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>an Tionndadh Mòr — Planaichean Còig Bliadha: adhbhar, prìomhachasan agus leasachadh; èifeachdan eaconamach, poilitigeach is sòisealta bho an cur an gnìomh</i> ◆ <i>co-shealbhadh: adhbhar agus leasachadh; na h-èifeachdan eaconamach, poilitigeach is sòisealta bho chur an gnìomh</i> ◆ <i>deasbad air 'rèabhaid a-nuas no rèabhaid a-nìos?'</i>
<i>Leasachadh poilitigeach agus sòisealta den stàit Stalinich</i>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>modailean airson tur-smachdachas</i> ◆ <i>cult a' cheannaird</i>

	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>na purgaidean: an nàdar dhiubh a' mean-fhàs; foill-mhurt Kirov; na cùisean-cùirte air sgàth coslais; crìochnachadh nam purgaidean; measadh air an tùsan agus air an cudromachd</i> ◆ <i>ionnsramaidean smachd: uamhar, poileas diomhair, campaichean saothrachaidh</i> ◆ <i>an Rèabhlaid Chultarach; a' phàirt a chluicheadh le boireannaich agus teaghlach, foghlam, creideamh, gluasadan òigridh, luchd-ealain agus filmeadairean a' dèanamh, agus a' freagairt ri, 'homo sovieticus'</i>
<p><i>Cogadh Mòr nan Tìr-ghràdhach</i></p>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>poileasaidhean aig toiseach a' chogaidh: co-aonta ann an 1939 eadar an Ruis is a' Ghearmailt</i> ◆ <i>a' phàirt a chluicheadh le Stalin ann am buaidh na Ruise: armailteach, eaconamach, dioplòmasach, sòisealta, cràbhach</i> ◆ <i>factaran eile a chuir ris a' bhuidh Shobhietich</i>

Raon sgrùdaidh 9 — Cogadh Catharra na Spàinntè: adhbharan, còmhstri agus builean, 1923–45

Sgrùdadh air ideòlasan poiliteagach eadar-dhealaichte; còmhstri catharra agus na builean a thàinig aiste; eadar-theachd cèin; agus oidhirpean aig neo-eadar-theachd
Tèamaichean: ideòlas, ùghdarras, còmhstri agus dearbh-aithne

Geàrr-chunntas

- ◆ duilgheadas fad-ùine poiliteagach, eaconamach is sòisealta san Spàinnt, a' gabhail a-steach: eaglais, arm, roinnean-dùthcha agus siostam an àiteachais sa cho-chomann is poilitigs Spàinnteach
- ◆ an Dictadura, a' gabhail a-steach: measadh air oidhirpean le Primo di Rivera gus seasmhachd a chruthachadh tro dheachdaireachd agus an èifeachd a thug seo air co-chomann is poilitigs na Spàinntè; tuiteam na monarcachd ann an 1931; adhbharan airson imeachd Alfonso
- ◆ an Dàrna Poblachd: cruthachadh na Poblachd Spàinnteach; a' bhun-reachd aice; luchd-taic agus luchd-dùbhlain
- ◆ ath-leasachaidhean Azaña, a' gabhail a-steach: poileasaidhean is èifeachdan aig Azaña rè 'Bienio Reformista'; am 'Bienio Negro'; poileasaidhean is èifeachdan na rianachd aig Lerroux agus Gil Robles
- ◆ an t-eadar-ghluasad bho rèabhlaid gu Cogadh Catharra, a' gabhail a-steach: adhbharan airson na rèabhlaid agus an cùrsa aice; èirigh Franco: adhbharan a fhuair Franco smachd aonaichte air na Nàiseantaich; an Cogadh Catharra: factaran dachaigheil agus eadar-nàiseanta a chuir ri buaidh dheireannach nan Nàiseantach; builean poiliteagach is sòisealta a thàinig à buaidh Franco, gu 1945

Prìomh chùisean	Tuairisgeul air susbaint
Cor na Spàinntè sna 1920an	<ul style="list-style-type: none"> ◆ crìonadh agus eileachadh na h-eaglaise ◆ èifeachd call na h-Ìmpireachd air an arm agus neo-fhèillmhorachd an airm san Spàinnt ◆ fuath nan roinnean-dùthcha ri ùghdarras meadhanaichte agus èifeachd a' ghnìomhasachaidh taobh a-staigh nan sgìrean seo ◆ nàdar an t-siostaim àiteachais san Spàinnt, adhbharan airson an fhàilligidh aige agus èifeachd air co-chomann Spàinnteach ◆ cor na Spàinntè ann an 1923: duilgheadasan nodhachaidh ◆ am pronunciamento de Primo de Rivera ◆ ath-leasachadh sòisealta is eaconamach ◆ tuiteam Primo di Rivera
Tuiteam na monarcachd	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>suidheachadh na monarcachd ann an 1930</i> ◆ <i>caractar agus gnìomhan Alfonso XIII</i> ◆ <i>Co-aonta San Sebastián</i> ◆ <i>imeachd Alfonso</i>
Nàdar na Poblachd ùire	<ul style="list-style-type: none"> ◆ a' Bhun-reachd: sgaradh na h-eaglais is na stàite; artagailean 26 agus 27

	<ul style="list-style-type: none"> ◆ cudromachd nan ideòlasan poilitigeach air an làimh chli is air an làimh dheis ◆ duilgheadas nan dearbh-aithnean roinneil: na Basgaich agus na Catalanaich ◆ suidheachadh agus buaidh aig Eaglais Chaitligeach na Ròimhe ◆ cor an airm
<i>Ath-leasachaidhean Azaña, 1931–33</i>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>ath-leasachaidhean: Eaglais Chaitligeach na Ròimhe, àiteachas, an t-arm</i> ◆ <i>dìth ionmhais</i> ◆ <i>frith-ghluasadan ris an ath-leasachadh: an eaglais, na h-uachdarain-fearainn, an t-arm, an seasamh a thug Confederación Nacional del Trabajo (CNT) agus Federación Anarquista Ibérica (FAI)</i> ◆ <i>comhaireachd ri Azaña: an Sanjurada, stèidheachadh Confederación Española de Derechas Autónomas (CEDA)</i> ◆ <i>an taghadh ann an 1933: adhbharan airson buaidh na làimhe deise</i>
Am Bienio Negro — àm de fhrith-ghluasad	<ul style="list-style-type: none"> ◆ ath-ghluasad ath-leasachaidhean ◆ ath-bhuannachd nan uachdaran-fearainn ◆ ath-bhuidhneachadh an airm ◆ neartachadh na làimhe deise: am Falange agus tilleadh Calvo Sotelo ◆ a' phàirt a chluicheadh le Gil Robles ◆ comhaireachd ri frith-ghluasad ◆ aramach ann an Asturias ◆ cruthachadh Fronta a' Phobaill ◆ an taghadh ann an 1936
<i>An t-aramach armailteach ann an 1936</i>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>planaichean airson aramach armailteach: an t-arm, a' phàirt a chluicheadh le CEDA, na Carlistas agus daoine eile air an làimh dheis, agus an eaglais</i> ◆ <i>an coup ann an 1936: soirbheasan tràtha, fàillingeadh buaidh a dhèanamh tèarainte ann an 1936, agus an suidheachadh aig Franco</i> ◆ <i>an suidheachadh sna roinnean-dùthcha: ranntairean Basgach, Catalonia agus Madrid</i> ◆ <i>mar a ghluais a' Phoblachd na goireasan aice</i> ◆ <i>rèabhlaid san Spàinnt Phoblachdaich: mailisidhean; an làmh chli agus an làmh dheas; co-shealbhadh agus cleachdadh uamhair</i>
Èirigh Franco	<ul style="list-style-type: none"> ◆ a' phàirt a chluicheadh le Franco agus an cliù pearsanta a bha aige ◆ mar a stiùir e iadsan a dh'fhaodadh a bhith nan còmhstrithich ris ◆ seanailearachd agus còmhraidhean le cumhachdan an Axis ◆ deagh fhortan: bàs ceannardan iomraiteach na làimhe deise

	<ul style="list-style-type: none"> ◆ laigse an luchd-aghaidh eile a bha a' sireadh ceannardas na làimhe deise ◆ a' phàirt a chluicheadh le càch: Carlistas agus Falange; Suñer; cùl-mhùtairean eile agus caidreabhaich
<i>Cogadh Catharra: an dimeinsean Spàinnteach</i>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>cùrsa atharrachail a' chogaidh, a' gabhail a-steach prìomh chòmhstrithean</i> ◆ <i>suidheachadh is forsaichean nam Poblachdach</i> ◆ <i>an suidheachadh aig briseadh a-mach agus freagairt thràth</i> ◆ <i>arm, nèibhidh agus feachd-adhair na leth-innse</i> ◆ <i>sgaraidhean taobh a-staigh an riaghaltais</i> ◆ <i>an suidheachadh a bha aig na Coimiunaich agus Partido Obrero de Unificación Marxista (POUM); a' phàirt a chluicheadh leis an CNT agus an FAI</i> ◆ <i>suidheachas is forsaichean nan reubailean aig briseadh a-mach</i> ◆ <i>arm Afraga</i> ◆ <i>gnàth-eòlas feachd nan oifigearan</i>
<i>Cogadh Catharra: an dimeinsean eadar-nàiseanta</i>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>a' phàirt a chluicheadh leis a' Ghearmailt agus an Eadailt: èifeachdan na còbhrach Gearmailtich is Eadailtich</i> ◆ <i>compàirteachadh an USSR: èifeachdan na còbhrach Sobhietich agus na reusanan a bha aig Stalin</i> ◆ <i>Bragàdan Eadar-nàiseanta</i> ◆ <i>neo-eadar-theachd: na seasamhan a thug an Rìoghachd Aonaichte is an Fhraing; Comataidh Neo-eadar-theachd; Co-labhairt Nyon</i>
<i>Mì-bhuaidh na Poblachd agus builean a' Chogaidh Chatharra</i>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>adhbharan airson mì-bhuaidh na Poblachd agus buaidh nan Nàiseantach</i> ◆ <i>an siostam poilitigeach aig Franco</i> ◆ <i>a' bhuidh fiosaigeach agus dhaonna</i> ◆ <i>suidheachadh eadar-nàiseanta na Spàinnte</i>

Raon sgrùdaidh 10 — Breatann: aig cogadh agus sìth, 1938–51

Sgrùdadh air ideòlas is ceannardas poilitigeach; còmhstri armailteach, na h-èifeachdan aice agus freagairtean ris na h-èifeachdan sin; feuman sòisealta agus an fhreagairt ris na feuman sin; agus dàimhean le pàirtean eile den t-saoghal

Tèamaichean: ùghdarras, coimhearsnachd, ideòlas agus sochairean

Geàrr-chunntas

- ◆ Breatann agus cogadh air fàire, a’ gabhail a-steach: ceannardas poilitigeach agus pàrtaidhean poilitigeach; ullamhachd airson cogadh; coir shòisealta is eaconamach
- ◆ Breatann aig cogadh, a’ gabhail a-steach: ceannardas poilitigeach agus an riaghaltas rè àm a’ chogaidh; ro-innleachdan armailteach, cabhlach is adhair; dioplòmasachd, amasan cogaidh agus caidreabhasan
- ◆ buaidh dhachaigheil a’ chogaidh, a’ gabhail a-steach: a’ bhuidh armailteach; seirbheisean èiginneach is dìonadach, dleastanas-airm; an èifeachd air gnìomhachas, àiteachas, ionmhas an riaghaltais agus in-thasgadh; èifeachdan sòisealta: uabairt; fastadh luchd-obrach boireann; ath-leasachaidhean sòisealta agus ath-leasachaidhean air am planadh; adhbharan airson buaidh nan Làbarach ann an 1945
- ◆ Breatann san t-saoghal iar-chogaidh, a’ gabhail a-steach: poileasaidhean sòisealta is eaconamach nan Làbarach; poileasaidhean ìmpireil, cèin is armailteach nan Làbarach; ath-bhuannachd Thòraidheach agus factaran a dh’adhbharaich mì-bhuaidh nan Làbarach

Prìomh chùisean	Tuairisgeul air susbaint
Ceannardas poilitigeach is pàrtaidhean poilitigeach agus cogadh air fàire	<ul style="list-style-type: none"> ◆ cor a’ phàrtaidh Làbaraich ann an 1939; an ìre de dh’ath-bheòthachadh fo Attlee; na prìomh phoileasaidhean cèin is dachaigheil aca agus an seasamh aca air cogadh ◆ am pàrtaidh Tòraidheach fo Chamberlain; Chamberlain mar cheannard; agus iomchaidheachd nam poileasaidhean cèin is dachaigheil agus cogadh air fàire
<i>Staid an nàisein: co-chomann, eaconamaidh, dìon agus ullamhachd airson cogadh</i>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>coir shòisealta is eaconamach: co-ionannachd shòisealta; an sgaradh eadar a tuath is an deas; sgaraidhean clas; solar shochoirean is cùram-slàinte; cothroman foghlaim; cosnadh agus cion-cosnadh; taigheadas; daithead; cor na beòshlainte; cothrom air saor-ùine agus goireasan</i> ◆ <i>an ìre aig an robh Breatann ullamh airson cogadh ann an 1939: planadh; leasachaidhean san arm, sa nèibhidh is san fheachd-adhair agus ann an dìon dùthchail; comas gnìomhachail</i>
Ceannardas poilitigeach agus riaghaltas rè àm a’ chogaidh	<ul style="list-style-type: none"> ◆ Chamberlain agus an Cogadh Fuadain (Phoney War); ro-innleachd cogaidh an riaghaltais; adhbharan airson tuiteam Chamberlain ◆ cruthachadh Riaghaltas na Co-bhanntachd, agus a’ phàirt a chluicheadh le ministearan Làbarach sa Cho-bhanntachd ◆ Churchill mar cheannard cogaidh

<p>Amasan cogaidh, dioplòmasaidh agus caidreabhasan, 1939–45</p>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ amasan cogaidh Bhreatainn ◆ a’ phàirt a chluicheadh leis an Ìmpireachd ◆ Churchill, Roosevelt agus Stalin
<p>Ro-innleachdan armailteach, cabhlaich is adhair</p>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>na pàirtean a chluicheadh fa leth leis an arm, nèibhidh is feachd-adhair gus buaidh a chosnadh: Blàr Bhreatainn; Blàr a’ Chuain Shiar agus prìomh thèataran a’ chogaidh thireach</i> ◆ <i>cudromachd is èifeachdas na h-iomairt aig Bomber Command an aghaidh na Gearmailte</i>
<p>An cogadh agus an eaconamaidh Breatannach</p>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ dleastanas-airm agus mar a chaidh am feachd-obrach fireann is am feachd-obrach boireann a riarachadh ann am Breatann ◆ èifeachd air gnìomhachas agus àiteachas ◆ ionmhasan riaghaltais agus mar a chaidh an cogadh a phàigheadh ◆ a’ phàirt a chluicheadh le ‘iasad-màl’ (lend-lease) ◆ smachd na stàite air an eaconamaidh agus a rianachd ◆ caidreabh gnìomhachais
<p>An cogadh agus co-chomann Breatannach</p>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>a’ phàirt a chluicheadh leis na seirbheisean èiginn agus le dìon dùthcha agus an t-èifeachdas aca</i> ◆ <i>am Blitz agus a’ bhuidh a bha aige</i> ◆ <i>uabairt: mar a chaidh a h-eagrachadh, an soirbheas a bha aice agus an ìre de bhuidh aice air co-chomann</i> ◆ <i>an ìre ris an tug obair àm a’ chogaidh buaidh mhòr is mhaireannach air beathannan bhoireannach</i> ◆ <i>cogadh mar chatailist airson atharrachadh no ath-leasachadh sòisealta</i> ◆ <i>lùghdachadh ann an sgaraidhean clas?</i>
<p>‘Ierusalem Ùr’ a’ phàrtaidh Làbaraich</p>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ <i>an taghadh 1945: adhbharan airson buaidh nan Làbarach</i> ◆ <i>rianachd an eaconamaidh le riaghaltasan Làbarach, 1945–51</i> ◆ <i>dè cho sòisealach ‘s a bha poileasaidhean nan riaghaltasan Làbarach, 1945–51?</i> ◆ <i>a’ phàirt a chluicheadh le ministearan fa leth agus an t-èifeachdas aca</i> ◆ <i>cruthachadh na stàit shochairan agus na choilean poileasaidh sòisealta nan Làbarach ann an 1951</i>
<p>Poileasaidhean ìmpireil, cèin is armailteach, 1945–51</p>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ Bevin mar Rùnaire nan Dùthchannan Cèin ◆ Breatann agus na mòr-chumhachdan ◆ a’ phàirt a chluicheadh le Breatann sna Dùthchannan Aonaichte agus ann an NATO, gu ruige 1951 ◆ pròiseas dì-cholonachaidh: an ìre gus an do luathaich an cogadh crìonadh ìmpireil ◆ retreat bho chumhachd: neo-eisimeileachd Innseanach; Palistin agus an Ear Mheadhanach

<i>Ath-bhuannachd Thòraidheach agus mì-bhuaidh nan Làbarach</i>	<ul style="list-style-type: none">◆ <i>obair Butler is Woolton gus am pàrtaidh Tòraidheach ath-leasachadh agus ath-bheòthachadh</i>◆ <i>an ìre gus an robh co-aontachd phoilitigeach air a coileanadh ann an 1951</i>◆ <i>duilgheadasan dachaigheil nan Làbarach</i>◆ <i>adhbharan airson mì-bhuaidh nan Làbarach ann an 1951</i>
---	--

Pròiseact–Tràchdas

Bidh oileanaich a' taghadh cùis iom-fhillte eachdraidheil. Chan eil an roghainn aca air a cuibhreachadh le susbaint a' phàipeir cheistean.

Bidh na sgilean, eòlas is tuigse a gheibhear sa chùrsa iomchaidh don ìre SCQF a tha aig a' chùrsa. Bidh na tuairisgeulaichean ìre SCQF a' toirt tuilleadh fiosrachadh air na feartan agus air an dèanadas a thathar a' sùileachadh aig gach ìre SCQF, agus tha iad rim faotainn air làrach-lìn SCQF.

Sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha is sgilean cosnaidh

Bidh an cùrsa seo a' cuideachadh oileanaich gus sgilean farsaing coitcheann a leasachadh. Bidh na sgilean sin stèidhichte air [Frèam-obrach Sgilean SQA: Sgilean Ionnsachaidh, Sgilean Beatha agus Sgilean Cosnaidh](#) agus bidh iad a' tarraing bho na prìomh raointean sgilean a leanas:

1 Litearrachd

- 1.1 Leughadh
- 1.2 Sgrìobhadh

4 Comas-obrach, iomairt agus saoranachd

- 4.6 Saoranachd

5 Sgilean smaoineachaidh

- 5.3 A' cur an gnìomh
- 5.4 Ag anailiseachadh agus a' measadh

Feumaidh tidsearan agus òraidichean na sgilean sin fhisge a-steach don chùrsa aig ìre iomchaidh, far a bheil cothroman freagarrach ann.

Measadh cùrsa

Bidh measadh cùrsa stèidhichte air an fhiosrachadh a gheibhear san t-sònrachadh cùrsa seo.

Bidh measadh a' chùrsa a' coileanadh adhbharan is amasan a' chùrsa le bhith a' dèiligeadh ri:

- ◆ farsaingeachd — a' tarraing air eòlas agus sgilean bho air feadh a' chùrsa
- ◆ dùbhlán — ag iarraidh barrachd doimhneachd no leudachaidh air eòlas agus/no sgilean
- ◆ gnìomhadh — ag iarraidh air oileanaich eòlas agus/no sgilean a chur an gnìomh ann an co-theacsaichean practaigeach no teòiridheach mar a bhios iomchaidh.

Bidh seo a' comasachadh oileanaich a bhith:

- ◆ a' tarraing air, a' leudachadh agus a' cur an gnìomh na sgilean, eòlas agus tuigse a fhuairidh tron chùrsa
- ◆ a' taisbeanadh doimhneachd de dh'eòlas agus tuigse, a bharrachd air sgilean a chur an gnìomh
- ◆ a' taisbeanadh dùbhlán agus gnìomhadh ceangailte ri rannsachadh neo-eisimeileach agus luachadh breithneachail

Structar measadh cùrsa: pàipear cheistean

Pàipear cheistean

90 comharra

Bidh riarachadh iomlan de 90 comharra aig a' phàipear cheistean. Is e seo 64% de na comharran iomlan airson measadh a' chùrsa.

Bidh am pàipear cheistean a' tarraing air na sgilean, eòlais is tuigse a fhuairidh bho air feadh a' chùrsa.

Bidh e a' leigeil le oileanaich a thaisbeanadh:

- ◆ eòlas is tuigse, a tha fìrinneach agus teòiridheach, air cùisean iom-fhillte eachdraidheil
- ◆ eòlas is tuigse, a tha fìrinneach agus teòiridheach, air diofar sheallaidhean eachdraidheachdail
- ◆ anailis is measadh breithneachail air raon stòran eachdraidheil
- ◆ anailis is measadh breithneachail air na h-adhbharan airson, no na buaidhean a thàinig à, leasachaidhean iom-fhillte eachdraidheil
- ◆ sinteis a dhèanamh air fiosrachadh agus loidhnichean argamaid a cho-dhealbhadh agus a chumail

Bidh 10 earrannan roghainneil sa phàipear cheistean, a bhios uile luach 90 comharra. Bidh oileanaich a' taghadh aon earrann agus a' freagairt cheistean air an earrann sin a-mhàin:

- ◆ Breatann a Tuath bho Linn an Iarainn gu 1034
- ◆ Alba: neo-eisimeileachd agus rìograchas, 1249–1334
- ◆ Alba: bho Chùmhnant an Aonaidh chun an t-Soillseachaidh, 1707–1815
- ◆ na Stàitean Aonaichte: ‘taigh sgarichte’, 1850–65
- ◆ Iapan: nodhachadh nàisein, 1840–1920
- ◆ a’ Ghearmailt: bho dheamocrasaidh gu deachdaireachd, 1918–39
- ◆ Afraga a Deas: cinneadh agus cumhachd, 1902–84
- ◆ an Ruis: bho Tsàrachd gu Stalineachd, 1914–45
- ◆ Cogadh Catharra na Spàinntè: adhbharan, còmhstri agus builean, 1923–45
- ◆ Breatann: aig cogadh agus sìth, 1938–51

Bidh dà phàirt aig gach earrann.

- ◆ Pàirt A — Cùisean eachdraidheil (50 comharra)
- ◆ Pàirt B — Stòran eachdraidheil (40 comharra)

Pàirt A — Cùisean eachdraidheil

- ◆ dà cheist a tha a’ sireadh fhreagairtean leudaichte, far am bi feum air oileanaich a bhith a’ tarraing air na sgilean, eòlas agus tuigse a fhuairidh tron chùrsa

Bidh na ceistean air an tarraing bhon t-susbaint a tha air a liostadh san earrann ‘Sgilean, eòlas agus tuigse airson measadh a’ chùrsa’. Bidh oileanaich a’ taghadh dà cheist, luach 25 comharra mu seach, bho roghainn de còig. Bidh na ceistean roghainneil uile a cheart cho iarrtach agus cho farsaing.

Tha facail òrdugh a’ gabhail a-steach, mar eisimpleir:

- ◆ Dè an ìre a bha [tachartas] air adhbharachadh le [factar]...?
- ◆ Dè cho fada ‘s a tha [factar] a’ mìneachadh [tachartas]?
- ◆ [às-earrann] Dè cho iomchaidh ‘s a tha am beachd seo?
- ◆ [às-earrann] Dè cho firinnichte ‘s a tha am beachd seo?

Pàirt B — Stòran eachdraidheil

- ◆ trì ceistean a tha a’ sireadh fhreagairtean leudaichte, far am bi feum air oileanaich a bhith a’ tarraing air na sgilean, eòlas agus tuigse a fhuairidh tron chùrsa agus an cur an gnìomh ris na stòran eachdraidheil seo nach fhaca iad roimhe.

Bidh na ceistean air an tarraing bhon t-susbaint a tha air a thoirt seachad san earrann ‘Sgilean, eòlas agus tuigse airson measadh a’ chùrsa’. Bidh oileanaich a’ dèanamh oidhirp air na trì ceistean uile.

- ◆ aon cheist air luachadh stòir, luach 12 comharra, a tha ag iarraidh air oileanaich measadh a dhèanamh air feumalachd stòir shònraichte a thaobh cò às a thàinig e, an t-susbaint aige agus co-theacsaichean eachdraidheil agus eachdraidheachdail

- ◆ aon cheist air co-theacsachadh stòir, luach 12 comharra, ag iarraidh air oileanaich am beachd aig aon stòr obrachadh a-mach agus susbaint an stòir sin eadar-mhìneachadh, agus seo a chur ann an co-theacsaichean eachdraidheil is eachdraidheachdail
- ◆ aon cheist air eadar-mhìneachadh dà stòir, luach 16 comharra, ag iarraidh air oileanaich a bhith ag obrachadh a-mach dè na beachdan is eadar-mhìneachaidhean a tha air an taisbeanadh ann an dà stòr air cùis iom-fhillte eachdraidheil, agus seo a chur ann an co-theacsaichean eachdraidheil is eachdraidheachdail.

Suidheachadh, stiùireadh agus comharrachadh a' phàipeir cheistean

Bidh SQA a' suidheachadh agus a' comharrachadh a' phàipeir cheistean. Thèid a stiùireadh ann an ionadan fo chumhaichean air an sònrachadh le SQA airson dheuchainnean taobh a-muigh.

Bidh 3 uairean a thìde aig oileanaich airson crìoch a chur air a' phàipear cheistean.

Bidh SQA a' dèanamh dearbhadh càileachd air a' chomharrachadh uile.

Tha pàipearan eisimpleir airson chùrsaichean Àrd-ìre Adhartach air am foillseachadh air làrach-lìn SQA. Tha iad a' sealltainn ìre, structar agus riatanasan nam pàipearan cheistean. Tha na pàipearan eisimpleir cuideachd a' gabhail a-steach stiùireadh air comharrachadh.

Structar measadh cùrsa: pròiseact-tràchdas

Pròiseact-tràchdas

50 comharra

Bidh riarachadh iomlan de 50 comharra aig a' phròiseact-tràchdas. Is e seo 36% de na comharran iomlan airson measadh a' chùrsa.

Bidh am pròiseact-tràchdas a' comasachadh oileanaich a bhith a' taisbeanadh nan sgilean, eòlas agus tuigse a tha aca tro sgrùdadh neo-eisimeileach a ghabhail os làimh air cùis eachdraidheil iom-fhillte.

Foir-shealladh air pròiseact-tràchdas

Bidh am pròiseact-tràchdas a' leigeil le oileanaich na sgilean, eòlais is tuigse a leanas bho air feadh a' chùrsa a thaisbeanadh:

- ◆ a' comharrachadh cùis iom-fhillte eachdraidheil a tha freagarrach airson rannsachadh
- ◆ a' tarraing air eòlas is tuigse a tha aca ann an doimhneachd
- ◆ a' cleachdadh fiosrachadh bho raon de prìomh-bhunan is iar-bhunan
- ◆ ag anailiseachadh sheallaidhean bho eachraidheachd
- ◆ a' dèanamh sinteis air fianais is eachdraidheachd ann an loidhne argamaid a tha air a cumail suas gu co-thàthach
- ◆ a' tarraing co-dhùnadh deagh reusanaichte stèidhichte air fianais
- ◆ ag eachrachadh is a' taisbeanadh toraidhean, agus a' dèanamh iomraidhean orra, le bhith a' cleachdadh siostam iomraidhean coitcheann
- ◆ a' cruthachadh gearr-iomradh a tha a' toirt gearr-chunntas air diofar eadar-mhìneachaidhean is deasbadan

Suidheachadh, stiùireadh agus comharrachadh a' phròiseict-tràchdas

Bidh oileanaich a' taghadh cùis iom-fhillte eachdraidheil a tha freagarrach agus bidh iad:

- ◆ a' rannsachadh na cùise
- ◆ ag anailiseachadh sheallaidhean bho eachdraidheachd
- ◆ a' sealltainn eòlas is tuigse ann an doimhneachd air a' chùis
- ◆ a' dèanamh iomradh air eachdraidheachd làithreach
- ◆ a' dèanamh sintheis air fianais agus ga cur ann an loidhne argamaid a tha a' treòrachadh a dh'ionnsaigh co-dhùnadh
- ◆ a' dèanamh geàrr-chunntas le geàrr-iomradh
- ◆ a' dèanamh iomraidhean gu soilleir air an cuid toraidhean

Bu chòir do thidsearan is òraidichean stiùireadh reusanta a thoirt air an t-seòrsa de chùis a leigeas le oileanaich riatanasan a' phròiseict-tràchdas a choileanadh. Faodaidh tidsearan is òraidichean oileanaich a stiùireadh air dè cho coltach 's a bhios e gun gabh stòrasan fhaotainn, agus cothrom a ghabhail orra, airson nan cùisean a thagh iad.

Feumaidh oileanaich a bhith ag obair air a' phròiseact-tràchdas aca leis an taic as lugha bhon tidsear no òraidiche.

Bidh am pròiseact-tràchdas air a rianachadh le ionadan a rèir stiùireadh bhon SQA agus air a stiùireadh fo bheagan aireachais agus smachd. Feumaidh oileanaich an fhianais a sholarachadh gu neo-eisimeileach, ann an àm airson an ceann-latha airson fianais a chur a-steach a tha air òrdachadh le SQA.

Bidh fianais ga cur a-steach gu SQA airson comharrachadh bhon taobh a-muigh.

Bidh SQA a' dèanamh dearbhadh càileachd air a' chomharrachadh uile.

Suidheachaidhean measaidh

Ùine

Bidh am measadh seo air a choileanadh thairis air ùine shuidhichte. Bu chòir do dh'oileanaich tòiseachadh aig àm freagarrach sa chùrsa, a' leigeil ùine gu leòr airson an rannsachadh a ghabhail os làimh.

Aireachas, smachd agus dearbhadh

Feumaidh tidsearan is òraidichean an dleastanas proifeiseanta aca a choileanadh gus dèanamh cinnteach gur e obair an oileanaich fhèin a tha san fhianais a tha air a cur a-steach.

Bidh am pròiseact-tràchdas air a stiùireadh fo bheagan aireachais agus smachd. Tha seo a' ciallachadh, ged a dh'fhaodas oileanaich pàirt den obair a choileanadh taobh a-muigh an t-suidheachaidh ionnsachaidh is teagaisg, bu chòir do thidsearan is òraidichean pròiseasan a chur an gnìomh airson sùil a chumail air adhartas agus airson dèanamh cinnteach gur e an obair saothair an oileanaich fhèin, agus nach robh mèirle-sgrìobhaidh na lùib. Mar eisimpleir:

- ◆ coinneamhan cunbhalach le oileanaich airson sgrùdadh agus/no sùil a chumail air adhartas
- ◆ agallamhan goirid, pearsanta gus sùil a chumail air gnothaichean
- ◆ liostaichean-dhearbhaidh a tha a' clàradh ghnìomhachdan agus/no adhartas

Bidh beachdan bhon tidsear no òraidiche air roghnachadh cuspair freagarrach mus tòisich an t-oileanach air an obair. Aon uair 's gu bheil air tòiseachadh air obair air a' mheasadh, feumaidh an obair uile a bhith na h-obair a rinneadh leis an oileanach.

Bithear a' gabhail ri dòighean obair-buidhne rè ìre an rannsachaidh airson a' phròiseict-tràchdas. Ach feumaidh gur e obair an oileanaich fhèin a tha sa phròiseact-tràchdas choileanta. Faodaidh oileanaich soilleireachadh a shireadh air an stiùireadh airson obair an tràchdais. Sa chàs seo, bu chòir an soilleireachadh a thoirt don chlas iomlan.

Faodaidh tidsearan is òraidichean beachdan is comhairle a thoirt airson oileanaich adhartachadh gu ath ìrean a' mheasaidh. Feumaidh an cuideachadh seo a bhith air a chlàradh air chor 's gum faodar breithneachadh gu cothromach air obair planaidh a rinneadh leis an oileanach fhèin.

Stòrasan

Chan eil cuibhreachaidhean sam bith ann air na stòrasan air am faod cothrom a bhith aig oileanaich.

Cuideachadh reusanta

Feumaidh ionadan dèanamh cinnteach gur e obair an oileanaich fhèin a tha san fhianais airson a' phròiseict-tràchdas aca. Ach faodar cuideachadh reusanta a thoirt seachad. Tha an teirm 'cuideachadh reusanta' air a cleachdadh gus feuchainn ris an fheum air cuideachadh a chothromachadh leis an fheum air cus cuideachaidh a sheachnadh. Ma tha feum aig oileanaich air barrachd na thathar a' meas mar 'cuideachadh reusanta', dh'fhaodadh nach eil iad deiseil airson measadh no dh'fhaodadh gun deach an intrigeadh don ìre cheàrr de theisteanas.

Faodaidh tidsearan is òraidichean cuideachadh reusanta a thoirt seachad air bunait choitcheann do chlas no do bhuidheann oileanaich, mar eisimpleir, comhairle mun dòigh air plana pròiseict a leasachadh. Faodaidh tidsearan is òraidichean cuideachadh reusanta a thoirt do dh'oileanaich air bhunait fa leth cuideachd.

Nuair a tha cuideachadh reusanta ga thoirt air bhunait aon-ri-aon ann an co-theacsa nì a tha an t-oileanach air a dhèanamh no air a thaisbeanadh mar-thà, tha cunnart ann gun tig e gu bhith na thaic do mheasadh. Feumaidh tidsearan is òraidichean a bhith mothachail nach faodadh seo a bhith a' dol seachad air cuideachadh reusanta.

Fianais ri thional

Bidh an fhianais a leanas riatanach airson a' mheasaidh seo:

- ◆ pròiseact-tràchdas coileanta an oileanaich

Meud

'S e àireamh fhaclan airson a' phròiseict-tràchdas 4,000 facal (a' fàgail a-mach iomraidhean, leabhar-chlàr agus pàipearan-taice). Feumaidh oileanaich an àireamh fhaclan a chur a-steach còmhla ris a' phròiseact-tràchdas choileanta.

Ma tha an àireamh fhaclan a' dol thairis air an uas-mheud barrachd is 10 sa cheud, bithear a' cur peanas an gnìomh.

Rangachadh

Bidh rangachadh iomlan nan oileanach air a dhearbhadh tron choileanadh aca air feadh measadh a' chùrsa. Bidh measadh a' chùrsa air a rangachadh A–D air bun-stèidh nan comharran iomlan airson an dà cho-phàirt de mheasadh a' chùrsa.

Tuairisgeul airson ìre C

Airson buileachadh ìre C, bidh oileanaich gu h-àbhaisteach air coileanadh soirbheachail a thaisbeanadh a thaobh sgilean, eòlas agus tuigse airson a' chùrsa.

Tuairisgeul airson ìre A

Airson buileachadh ìre A, bidh oileanaich gu h-àbhaisteach air ìre àrd coileanadh a thaisbeanadh gu cunbhalach a thaobh sgilean, eòlas agus tuigse airson a' chùrsa.

Co-ionannas agus in-ghabhaltas

Tha an cùrsa seo air a dheilbh gu bhith cho cothromach agus cho ruigsinneach 's a ghabhas, gun bhacaidhean neo-riatanach sam bith gu ionnsachadh no measadh.

Tha stiùireadh air rèiteachaidhean measaidh do dh'oileanaich chiorramach agus/no dhaibhsan aig a bheil feumalachdan taic a bharrachd ri fhaotainn air duilleag-lìn nan rèiteachaidhean measaidh: <http://www.sqa.org.uk/assessmentarrangements>.

Fiosrachadh a bharrachd

- ◆ [Duilleag cuspair Eachdraidh Àrd-Ìre Adhartach](#)
- ◆ [Duilleag-lìn rèiteachaidhean measaidh](#)
- ◆ [Togail a' Churraicealaim 3–5](#)
- ◆ [Stiùireadh air Measadh](#)
- ◆ [Stiùireadh air suidheachaidhean measaidh airson obair-chùrsa](#)
- ◆ [Frèam-obrach Sgilean SQA: Sgilean Ionnsachaidh, Sgilean Beatha agus Sgilean Cosnaidh](#)
- ◆ [Dearbhachd Obair-cùrsa: Stiùir do Thidsearan is Òraidichean](#)
- ◆ [Aithisgean Rannsachadh Foghlaim](#)
- ◆ [Stiùireadh SQA air e-measadh do Sgoiltean](#)
- ◆ [Duilleag-lìn e-measadh SQA](#)
- ◆ [Làrach-lìn SCQF: frèam-obrach, tuairisgeulaichean ìre agus leabhar-làimhe SCQF](#)

Pàipear-taic 1: nòtaichean taic cùrsa

Ro-ràdh

Chan eil na nòtaichean taic seo àithnteil. Tha iad a' toirt comhairle agus stiùireadh do thidsearan is òraidichean mu dhòighean airson an cùrsa a libhrigeadh. Bu chòir do thidsearan is òraidichean na nòtaichean taic seo a leughadh còmhla ris an t-sònrachadh cùrsa agus còmhla ris a' phàipear eisimpleir agus/no obair-cùrsa.

A' leasachadh sgilean, eòlas is tuigse

Tha an earrann seo a' toirt stiùireadh is comhairle air sgilean, eòlas agus tuigse a dh'fhaodadh tidsearan is òraidichean a ghabhail a-steach don chùrsa. Tha tomhas de so-lùbachd aig tidsearan is òraidichean gus co-theacsaichean a thaghadh a bhrosnaicheas oileanaich agus a bheir dùbhlann dhaibh, a' tabhann an dà chuid farsaingeachd agus doimhneachd.

Bu chòir do thidsearan is òraidichean coimhead ris an t-sònrachadh cùrsa airson nan sgilean, eòlas agus tuigse airson a' chùrsa agus airson measadh a' chùrsa.

Bu chòir do thidsearan is òraidichean oileanaich a dhèanamh mothachail air na sgilean a bhios iad a' leasachadh agus air mar a ghabhas an cleachdadh ann an diofar shuidheachaidhean. Bidh sgilean a ghabhas cleachdadh ann an diofar shuidheachaidhean a' cuideachadh oileanaich le foghlam a bharrachd agus airson èifeachdas pearsanta a mheudachadh.

Bidh feum aig oileanaich air taic agus stiùireadh airson sgilean sgrùdaidh agus ro-innleachdan ionnsachaidh a leasachadh. Bu chòir do thidsearan is òraidichean am brosnachadh gu bhith a' com-pàirteachadh san ionnsachadh aca fhèin le bhith a' lorg fiosrachadh agus san fharsaingeachd a bhith a' sealltainn tionnsgnadh, far a bheil sin iomchaidh. Faodaidh na buannachdan à ionnsachadh co-obrachail, taic cho-aoisean agus ais-fhiosrachadh cho-aoisean a bhith subsainteach agus bu chòir am brosnachadh. Faodar taic a chur ris an seo le bhith a' cleachdadh teicneòlas fiosrachaidh is conaltraidh (ICT).

Tha an earrann 'Dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh agus teagasg' a' toirt ghnìomhachdan a tha air am moladh, a dh'fhaodas tidsearan is òraidichean a chleachdadh gus sgilean, eòlas agus tuigse a leasachadh.

Dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh is teagasg

Aig ìre Àrd-Ìre Adhartach, bidh oileanaich a' leasachadh a' chomais aca barrachd a bhith ag obair gu neo-eisimeileach. Bu chòir do thidsearan is òraidichean oileanaich a bhrosnachadh a bhith a' cleachdadh, nan cuid ionnsachaidh, dòigh-obrach a tha feòrachail, breithneachail agus a' fuasgladh cheistean. Bidh an cothrom aig oileanaich gus sgilean rannsachaidh a chleachdadh agus a leasachadh, a bharrachd air anailis, measadh agus sinteis a dhèanamh air fiosrachadh gus a chur ann an loidhnichean argamaid. Dh'fhaodadh cuid de na dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh agus teagasg a thathar a' moladh airson ìrean eile (gu h-àraid Àrd-Ìre) a bhith a' buntainn ri Àrd-Ìre Adhartach cuideachd.

Dh'fhaodadh oileanaich a dhol an sàs ann an caochladh ghnìomhachdan ionnsachaidh, a' gabhail a-steach:

- ◆ a' rannsachadh fiosrachadh airson a' chuspair aca, an àite a bhith a' faighinn fiosrachadh bhon tidsear no òraidiche aca
- ◆ a' cleachdadh ghnìomhachdan ionnsachaidh a tha gnìomhail agus neo-chuibhrichte, leithid rannsachadh, rannsachaidhean-cùise agus gnìomhan taisbeanaidh
- ◆ a' sireadh fiosrachadh air an eadar-lìon, ann an dòigh a tha pongail agus buntainneach, mar eisimpleir ag ionnsachadh mar a ghabhas làraichean-lìn creideasach a roghnachadh mar stòran fiosrachaidh
- ◆ a' gabhail os làimh leughadh a tha farsaing agus neo-eisimeileach
- ◆ a' clàradh, ann an dòigh eagraichte, toraidhean bho rannsachadh agus sgrùdachadh neo-eisimeileach bho dhiofar stòran
- ◆ a' taisbeanadh toraidhean agus co-dhùnaidhean bho rannsachadh
- ◆ a' gabhail pàirt ann an obair-bhuidhne còmhla ri co-aoisean agus a' cleachdadh chothroman ionnsachaidh co-obrachail gus obair-sgioba a leasachadh
- ◆ a' gabhail pàirt ann an còmhraidh is deasbad fiosraichte, còmhla ri co-aoisean, far an urrainn dhaibh an cuid sgilean a thaisbeanadh a thaobh loidhnichean argamaid a cho-dhealbhadh agus a chumail
- ◆ a' tarraing cho-dhùnaidhean bho fhiosrachadh iom-fhillte
- ◆ a' cleachdadh ghoireasan teicneòlach freagarrach, mar eisimpleir stòras stèidhichte air an lìon
- ◆ a' cleachdadh goireasan freagarrach nam meadhanan, mar eisimpleir cliopan bhidio
- ◆ a' gabhail pàirt ann an sgrìoban-bhlàir agus cuairtean

Bu chòir do thidsearan is òraidichean taic a thoirt do dh'oileanaich tro chòmhradhean cunbhalach agus ath-fhiosrachadh bitheanta. Dh'fhaodar dèanamh cuid de na gnìomhan ionnsachaidh is teagaisg ann am buidhnean agus, far a bheil seo freagarrach, dh'fhaodadh oileanaich ath-fhiosrachadh fhaighinn bho an co-aoisean.

Bu chòir do thidsearan is òraidichean, far an gabh seo dèanamh, cothroman a thoirt gus ionnsachadh a phearsanachadh, agus oileanaich a chomasachadh gus roghainnean a bhith aca air dòighean-obrach ionnsachaidh is teagaisg. Bidh seo comasach mar thoradh air an ìre de so-lùbachd ann an cùrsaichean Àrd-Ìre Adhartach agus an neo-eisimeileachd leis am faod oileanaich an obair aca a choileanadh. Bu chòir do thidsearan is òraidichean cothroman a chruthachadh, agus a chleachdadh, airson dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh is teagasg a tha in-ghabhaltach. Faodaidh tidsearan is òraidichean seo a dhèanamh le bhith a' cleachdadh caochladh de ro-innleachdan ionnsachaidh is teagasg a tha a' co-fhreagairt ri feumalachdan nan oileanach uile.

Faodaidh tidsearan is òraidichean coimhead ris an earrann 'Sgilean, eòlas agus tuigse airson measadh a' chùrsa' san t-sònrachadh cùrsa airson chuspairean a bu chòir còmhachadh taobh a-staigh gach prìomh chuspair airson gach raon sgrùdaidh.

Ag ullachadh airson measadh cùrsa

Tha an earrann seo a' gabhail a-steach comhairle is stiùireadh air mar a dh'ullaichear oileanaich airson a' phàipear cheistean agus airson a' phròiseict-tràchdas, a' gabhail a-steach:

A' gabhail nòtaichean

- ◆ a' gabhail nòtaichean luachmhor
- ◆ a' rannsachadh
- ◆ a' clàradh

A' leasachadh sgilean sgrìobhaidh leudaichte

- ◆ eachdraidheachd

Prìomh-bhunan is iar-bhunan

- ◆ prìomh-bhunan
- ◆ iar-bhunan

Pàipear cheistean — ceistean stèidhichte air stòr

- ◆ a' cheist 'Dèan measadh air feumalachd an stòir...' (12 comharra)
- ◆ a' cheist 'Dè an ìre gu bheil...' (12 comharra)
- ◆ a' cheist air dà stòr (16 comharra)

A' rannsachadh cheistean eachdraidheil

- ◆ a' leasachadh barrachd eòlais air a' cho-theacsa eachdraidheil a tha buntainneach ris a' chùis thaghte
- ◆ a' dèanamh cho-dhùnaidhean air mar bu chòir dèiligeadh ris a' chùis thaghte
- ◆ a' comharrachadh raon iomchaidh de stòrasan
- ◆ ag aontachadh nam prìomh cheann-latha airson coileanadh nan diofar ìrean a bhios an lùib rannsachadh na cùise
- ◆ a' tionail is a' clàradh fiosrachadh
- ◆ iomraidhean
- ◆ geàrr-iomraidh

A' gabhail nòtaichean

Dh'fhaodadh e a bhith cuideachail do thidsearan is òraidichean agus/no oileanaich a bhith a' smaoinichadh air ceithir prionnsapalan a tha a' buntainn ri gabhail nòtaichean matha. Bu chòir do nòtaichean a bhith:

- ◆ **mion-cheart** — a' dèanamh cinnteach gu bheil susbaint ceart a thaobh firinn
- ◆ **cuimir** — bi aithghearr, ach chan ann cho aithghearr 's nach tèid na chaidh a chlàradh a thuigsinn (gu h-àraid ma thathar a' cleachdadh geàrr-sgrìobhadh no giorrachaidhean). Seachnaich an ceann thall eile: mar eisimpleir, na dèan leth-bhreac de caibideilean iomlan.

- ◆ **buntainneach** — na gabh nòtaichean nach eil ceangailte ris a’ chuspair agus na sgrìobh às-earrannan nach bi a’ cur ris, mar eisimpleir ‘Tha Storey ag ràdh “Tha Japan air a dhèanamh suas à ceithir prìomh eileanan.”’ Bu chòir cleachdadh às-earrannan gus argamaid a leasachadh.
- ◆ **a’ gabhail a-steach iomraidhean** — tha e deatamach bun nan às-earrannan a sgrìobhadh sìos, air chor ‘s gum faod iad a bhith air an aithneachadh, tar-iomraidhean a bhith air an dèanamh orra agus a bhith air an dearbhadh. Cuimhnich nòta a ghabhail air:
 - ainm an ùghdair
 - bliadhna foillseachaidh
 - ainm an leabhair
 - foillsichear
 - àireamh duilleige airson fiosrachadh

Nòtaichean luachmhor

Bidh na nòtaichean seo a’ cur luach ri eòlas, mar eisimpleir:

- ◆ seata staitistigs
- ◆ eisimpleir a tha a’ soilleireachadh puing
- ◆ beachd eachdraiche air tachartas
- ◆ beachd eadar-dhealaichte — fianais de dheasbad am measg eachdraichean

A’ rannsachadh

Ma thathar a’ sireadh às-earrannan no beachdan àraid, leasaich an gnàths a bhith a’ cleachdadh:

- ◆ duilleag a’ chlàir-innse
- ◆ a’ chlair-amais
- ◆ an ro-bhriathair no an ro-ràidh, far a bheil an t-ùghdar a’ toirt oir-loidhne den teusas aca
- ◆ a’ chaibideil mu dheireadh de leabhar

A’ clàradh

Aon uair ‘s gun lorgar pìos fiosrachaidh a tha airidh air clàradh, roghnaich a’ phàirt as buntainniche a-mhàin. Ma thathar a’ dèanamh leth-bhreac de dh’às-earrann, cuimhnich a bhith ga sgrìobhadh sìos ann an comharran-labhairt agus nòta a ghabhail air an ùghdar, deit foillseachaidh, foillsichear agus àireamh duilleige an stòir.

Tha fianais de dheasbad gu h-àraid luachmhor.

Bidh na nòtaichean as èifeachdaiche a’ toirt geàrr-chunntas de phìosan de theacsa agus gan deasachadh ann an earrannan so-cheannsachadh.

A’ leasachadh sgilean sgrìobhadh leudaichte

Bidh an stiùireadh air comharrachadh airson a’ phròiseict-tràchdas agus airson a’ phàipeir cheistean a’ toirt tuairisgeul air feartan fhreagairtean soirbheachail. Bu chòir do dh’oileanaich

an stiùireadh a leughadh nuair a tha iad a' dèanamh a' phròiseict-tràchdas aca agus ag ullachadh airson a' phàipeir cheistean.

Bidh an stiùireadh air comharrachadh a' còmhdachadh prìomh fheartan de sgrìobhadh leudaichte soirbheachail sa chùrsa.

- ◆ Bidh na freagairtean luach 25 comharra sa phàipear cheistean, agus am pròiseact-tràchdas, gam breithneachadh an aghaidh nan slatan-tomhais de
 - structar
 - anailis, measadh agus loidhne argamaid
 - iomlaineachd agus buntainneachd a thaobh fiosrachadh agus dòigh-obrach
 - stòran agus mìneachaidhean eachdraidheil
- ◆ dhiubh-san, 's e an dà phrìomh fheart a chleachdar gus co-dhùnadh a dhèanamh air far an suidhichear aiste ann an raon chomharraidhean:
 - anailis, measadh agus loidhne argamaid
 - iomlaineachd agus buntainneachd a thaobh fiosrachadh agus dòigh-obrach
- ◆ bithear a' comharrachadh an-còmhnaidh ann an dòigh dheimhinneach: bidh oileanaich a' tàrmachadh chomharra ma thaisbeanas iad sgilean, eòlas is tuigse a tha freagarrach; cha toirear comharra air falbh airson mhearachdan no dearmadan.

Bidh an sampall de phàipear cheistean agus stiùireadh air comharrachadh a' toirt comhairle air na feartan aig aistean a tha a' tuiteam taobh a-staigh raon de chomharra.

Anns gach cuid a' phàipear cheistean agus anns an tràchdas, feumaidh oileanaich dèanamh cinnteach gu bheil iad a' freagairt nan ceistean a chaidh fhaighneachd. Ma nithear oidhirpean gus a' cheist ath-mhìneachadh gus roghainn as annsa an oileanaich a fhreagarrachadh, no ma thathar a' fàilligeadh a dhèiligeadh ris a' phrìomh chùis, dh'fhaodadh an aiste no tràchdas a bhith air a bhreithneachadh mar lag thar cheann.

Eachdraidheachd

Ann an aiste airson Eachdraidh Àrd-Ìre Adhartach, gach cuid sa phàipear cheistean agus sa phròiseact-tràchdas, feumaidh oileanaich iomradh air choreigin a dhèanamh air mìneachaidhean eachdraidheil. Chan urrainn do fhreagairtean anns nach eil iomradh air eachdraidheachd barrachd air 20 comharra a bhuannachadh. Aig ìre glè bhunaiteach, bithear a' fòghnadh ma nì oileanaich iomradh air argamaid eachdraidheil, no ma iad ag ainmeachadh abairt no às-earrann bhuntainneach mar bheachd eachdraiche.

Ann am freagairtean nas laige, cha bhi oileanaich a' taisbeanadh iomradh ach air aonan no dithis eachdraichean san dol seachad, ach ann am freagairtean nas treasa, bidh oileanaich a' taisbeanadh eachdraidheachd a thathar **ga cur an gnìomh** agus a tha a' dol air feadh na freagairte iomlaine aca. Bu chòir dha seo a bhith mar phàirt bhunaiteach den anailis iomlain, agus bu chòir dha a bhith a' toirt cumadh do cho-dhùnadh brioghmhor.

Dh'fhaodadh cuid de dh'oileanaich a bhith a' tuigsinn gu bheil 'eachdraidheachd' a' ciallachadh às-earrannan a chumail air mheomhair airson an cur a-steach ge air bith càite an gabh sin a dhèanamh. Bidh às-earrann bhuntainneach a' cur soifhistaigeachd ri argamaid, agus bidh pìos de dh'iomradh a tha air a dheagh shuidheachadh a' meudachadh **an ìre de dh'anailis**. Ach bidh cleachdadh na h-eachdraidheachd nas èifeachdaiche ma thathar

mothachail don deasbad fhèin, agus ma tha an comas ann a bhith a' comharrachadh argamaidean nan eachdraichean, an àite a bhith comasach dìreach air iomradh a dhèanamh orra.

Ma nithear iomradh ri dòighean-obrach eachdraidheachdail, faodaidh sin taisbeanadh gu bheil ìre de thuigse nas adhartaiche aig oileanaich, ged a tha oileanaich uaireannan buailteach ri bhith ag ainmeachadh teòiridh sam bith a chaidh a sgrìobhadh barrachd air deich bliadhna an dèidh an tachartais mar 'ath-sgrùdachail'. Far am bi oileanaich a' comharrachadh sgoil-smuaineachaidh sam bith, leithid Marxach, structaireachail, feimineach no Cuigseach, agus ma nithear sin ann an co-theacsa, bidh iad a' buannachadh chomharran dha rèir.

Prìomh-bhunan is iar-bhunan fianaise

Cha ghabh dealachadh a dhèanamh an-còmhnaidh eadar prìomh fhianais agus iar-fhianais. Mar eisimpleir, tha an obair aig A.J.P. Taylor *England 1914-1945* na obair de iar-eachdraidh, ach bha Taylor beò rè nam bliadhnachan sin agus chluich e pàirt chudromach annta, agus mar sin tha an leabhar na phrìomh-bhun cuideachd. Tha e iomchaidh dhuinn, ge-tà, a bhith a' beachdachadh air prìomh-bhunan is iar-bhunan air leth, ged a bhios cuid de na dòighean airson measadh a dhèanamh orra a' tar-iadhadh, mar gum biodh.

Prìomh-bhunan

Feumaidh oileanaich beachdachadh an toiseach air an **ùghdar**. Aig ìre Àrd-Ìre Adhartach, bidh an ìre de dh'ealantas aig an ùghdar nas cudromaich na puing choitcheann mu dheidinn claon-bhreith — dè an ìre de dh'eòlas a bha aca air a' chùis? Bidh cunntasan bho fhianais-shùl an-còmhnaidh luachmhor, ach dh'fhaodadh nach robh làn thuigse aig an fhianais-shùl air na tachartasan a chunnaic iad. Uaireannan, faodaidh an ìre de dh'eòlas atharrachadh taobh a-staigh aon pharagraf. Mar eisimpleir, ann an teachdaireachd dh'fhaodadh Robert E. Lee sgrìobhadh le fios an eòlaiche air ro-innleachd nan Deasach ann an aon seantans agus fios neo-eòlach air ro-innleachd nan Tuathach san ath seantans. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh an fhianais-shùl a bhith a' toirt fianais bhochd ma bha e na shaighear ann am blàr aig nach robh mòran cothruim a bhith eòlach air na bha a' tachairt timcheall air.

Feumaidh oileanaich beachdachadh air **claon-bhreith**, ach cha bu chòir a bhith a' tuigsinn gu bheil claon-bhreith ann mura bheil faclan an stòir ga sealltainn. Mar eisimpleir, chan fhaod oileanaich a bhith a' cur mar fhiacham gum biodh manach Shasannach a' sgrìobhadh bhreugan mu dheidhinn Uilleim Uallas, agus bu chòir dhaibh deuchainn a dhèanamh air fianais a' mhanaich cho fad 's a ghabhas dèanamh.

Nuair a tha oileanaich a' cur cuideam air earbsachd, tha an **t-adhbhar** airson an stòir cho cudromach 's a tha pearsantachd an ùghdair. A bheil e ag iarraidh a dh'iompachadh, rabhadh a thoirt seachad, no a mhealladh? Cò b' iad a bhathar a' sùileachadh a bhiodh ga leughadh? Mar ri claon-bhreith, 's e measadh gun fhiù a bhith a' dèanamh puing choitcheann gun iomradh sònraichte sam bith ris an stòr. Ma thathar ag ràdh, 'Tha seo na litir ri àrd-urra agus mar sin tha i a' feuchainn ris an sgrìobhadair a shealltainn san dòigh as fheàrr' no 'Tha seo na òraid phoilitigeach agus mar sin tha i dìreach airson bhòtaichean a bhuanachadh', bhiodh sin na bhreith lag, mura b' urrainn don oileanach an tagradh aca fhìrinneachadh; ged bhiodh e na dheagh thòiseachadh a bhith a' mothachadh gu bheil adhbhar an stòir a' togail

theagamhan. Ma bhathar ag ràdh, ‘Chaidh na staitistigs seo a dhèanamh gus Stalin a riarachadh rè an Dàrna Plana Còig-Bliadhna, agus mar sin feumar dèiligeadh riutha le faiceall mhòr’, bhiodh sin na mheasadh reusanta.

Bu chòir do dh’oileanaich **deit** an stòir a sgrùdadh. Le eachdraidh bho chionn fhada, ghabhadh a h-uile stòr bhon aon àm a choimhead air mar ‘phrìomh-bun’, ma dh’innsear an fhìrinn, nan robh an t-ùghdar beò agus a’ sgrìobhadh nas anmoiche ri suas gu ceud bliadhna no nas motha. Mar eisimpleir, bha Bede cho fad air falbh bho Chùithbeart ’s a tha daoine an-diugh bho Abraham Lincoln. Dh’fhaodadh puing chosmhail èirigh, anns a’ chomhair eile, le eachdraidh nua-aimsireil. Uaireannan, dh’fhaodadh obair aig a bheil a- h-uile feart a bhith na iar-bhun a bhith air a làimhseachadh mar phrìomh-bhun, leithid *England 1914-1945*, le A.J.P. Taylor, a chaidh ainmeachadh nas tràithe. Tha an sgaradh eadar prìomh-bhunan agus iar-bhunan neo-phongail.

Thèid aig oileanaich air puingean faoin a dhèanamh mu dheidhinn deitean, ma tha iad a’ cur mar fhiacham gu bheil stuth a chaidh a sgrìobhadh deicheadan an dèidh an tachartais air a mhilleadh le droch mheomhair no a’ gabhail ‘buannachd à cùl-fhradharc’. Chan eil puingean coitcheann den leithid seo gun fhiù, ach, mar ri tagraidhean mu dheidhinn claon-bhreith, bidh iad a’ fàs èifeachdach a-mhàin ma thathar gan cleachdadh mar phuing thòiseachaidh airson sgrùdadh nas dlùithe air a’ cheist an robh meomhair bhochd no cùl-fhradharc a’ toirt buaidh air an stòr sin.

Uaireannan, bidh an deit phongail a’ toirt buaidh air a’ mheasadh. An deach an stòr a sgrìobhadh air an latha ro bhriseadh a-mach a’ Chogaidh Chatharra no air an latha às a dhèidh? An deach a sgrìobhadh sa mhìos mus deach Hitler a dhèanamh mar sheansailear no sa mhìos às dèidh sin? Chan eil rian nach bi seo a’ toirt buaidh air seasamhan is eòlas an sgrìobhadair. Dh’fhaodadh gum biodh neach-aithris ann an Lunnainn, a bha a’ measadh aramach nan Seumasach mar nì suarach san Lùnastal 1745, a’ gabhail beachd eile san t-Sultain, an dèidh buaidh nan Seumasach aig blàr Shliabh a’ Chlamhain.

Is tric gum bi **samhlachd** glè chudromach mar nì a bhios a’ toirt buaidh air luach an stòir. Mar eisimpleir, dh’fhaodadh litir fheargach bho bhall den DPP (Pàrtaidh Deamocratach na Gearmailte) sa phoblachd Weimar a bhith na stòr fiosraichte agus earbsach sa mhòr-chuid airson beachdan an sgrìobhadair. Ach bhiodh an luach mar stòr airson beachd a’ phobaill iomlain sa Ghearmailt Weimar a’ faighinn buaidh bhon fhìrinn gun robh an DPP na phàrtaidh gu math beag aig an robh soirbheas sna taghaidhean a’ crìonadh, agus mar sin bhiodh luach an stòir cuibhrichte mar fhianais airson beachdan na mòr-chuid sa Ghearmailt aig an àm. Ach dh’fhaodadh beachdan na beag-chuid a bhith buntainneach ri tràchdas àraid, agus sa chùis sin bhiodh leithid de litir glè luachmhor.

Tha **an ìre ris a bheil stòr a’ faighinn taic** — no contrarrachd — na dheuchainn eile air luach an stòir. Chan eil e na chùis àireamhan. Dh’fhaodadh aon stòr a tha sàr-mhath a bhith nas luachmhor na ceud stòr lag. Mar eisimpleir, bidh staitistigs an taghaidh ann an 1945 ag innse dhuinn barrachd mu dheidhinn na h-ìre de thaic a bha aig na Làbaraich na ceud artagail pàipeir-naidheachd a chaidh a sgrìobhadh san t-seachdain roimhe. Gidheadh, bidh stòran a tha a’ toirt taic ris a chèile a’ buannachadh barrachd luach. Bu chòir do dh’oileanaich a bhith a’ smaointinn gu breithneachail. Dh’fhaodadh stòran a bhith a’ toirt taic ris a chèile a chionn ’s gu bheil iad uile a’ leantainn aon prìomh-bhun a tha teagmhach — mar eisimpleir, an obair *Agricola* a sgrìobh Tacitus. Ach faodar smaointinn air stòran mar mhìrean-

measgaichte; tha iad fada nas luachmhoire airson dealbh iomlan a thogail ma tha iad a' co-fhreagairt ri stòran eile.

Iar-bhunan

Feumaidh oileanaich aig ìre Àrd-Ìre Adhartach muinghinn mhòr a chur ann an obraichean eachdraidhean nua-aimsireil. Uaireannan, bidh na h-eachdraichean seo ag easaontachadh ris a chèile gu domhain, mar is àbhaist air puingeann cuideim no puingeann mionaideach. Mar sin, feumar dèanamh measadh air na sgrìobhaidhean aca. Cha bu chòir do dh'oileanaich dìreach a bhith a' toirt às-earrannan asta, mar gun robh breithneachaidhean bho eachdraiche nua-aimsireil nam fianais a bha do-àicheadh.

Pàipear cheistean — ceistean stèidhichte air stòr

Tha trì ceistean stèidhichte air stòr sa phàipear cheistean airson Eachdraidh Àrd-Ìre Adhartach. Tha an earrann seo a' toirt stiùireadh air na riatanasan airson gach ceist. Airson mion-sgrùdadh air mar a thathar a' buileachadh chomharran, dèan iomradh air na prionnsapalan coitcheann air comharrachadh san t-sampall de phàipear cheistean airson Eachdraidh Àrd-Ìre Adhartach.

- ◆ Tha trì seòrsachan de cheist mu dheidhinn stòr: 'Dèan measadh air feumalachd ...', 'Dè an ìre gu bheil ...?' agus a' cheist air dà stòr.
- ◆ Bu chòir do dh'oileanaich oidhirp a dhèanamh air na trì ceistean uile.
- ◆ Bidh ceistean a' cleachdadh coimeasgadh de phrìomh-bhunan is iar-bhunan.
- ◆ Feumaidh tidsearan is òraidichean agus oileanaich dèanamh cinnteach gu bheil iad eòlach air na prìomh chùisean a tha a' nochdadh ann an clò Eadailteach sa chlàr san t-sònrachadh cùrsa (an earrann 'Sgilean, eòlas is tuigse airson measadh a' chursa')

A' cheist 'Dèan measadh air feumalachd...' (12 comharra)

Bidh an leithid seo de cheist ag iarraidh air oileanaich measadh a dhèanamh air feumalachd stòir ann an co-cheangal ri taobh àraid den chùrsa.

Bu chòir do dh'oileanaich co-theacsa a thoirt le bhith a' dèanamh luaidh air ùghdarachd, deit agus adhbhar. Bu chòir do dh'oileanaich beachdachadh air cò às a thàinig an stòr **iomlan** ann an co-cheangal ris a' chuspair air a bheil a' beachdachadh. Tha an stiùireadh air seo a' comasachadh sgrùdadh air ùghdarachd, timeachadh agus adhbhar. Aig a h-uile ìre de fhreagairtean an oileanaich, bu chòir don cheist air cò às a thàinig an stòr a bhith a' co-neartachadh na h-aithrise. Bu chòir do dh'oileanaich a bhith a' sealltainn gur urrainn dhaibh puingeann san teacsa a mhìneachadh mar mhìneachadh susbaint, agus gur urrainn dhaibh an teacsa a cho-cheangal ris an tuigse aca air a' cho-theacsa nas fharsaingeach eachdraidheil.

Dh'fhaodadh eòlas cuimhnichte a bhith a' gabhail a-steach eachdraidheachd bhuntainneach, agus gheibheadh oileanaich comharran freagarrach airson sin. Chan e dìreach an co-theacsa eachdraidheil a thathar a' sireadh ach an co-theacsa eachdraidheachdail. Thèid aig na h-oileanaich as soirbheachail an stòr a shuidheachadh taobh a-staigh an deasbaid eachdraidheil.

A' cheist 'Dè an ìre gu bheil...' (12 comharra)

Bidh na ceistean seo ag iarraidh air oileanaich stòr a chur ann an co-theacsa agus breithneachadh a dhèanamh air luach iomlan an stòir. Airson sin a dhèanamh, bu chòir do dh'oileanaich tuairisgeul a thoirt air prìomh bheachdan an stòir, agus an uair sin feumaidh iad a bhith a' mìneachadh nam factaran, nas fhaisge agus nas fharsainge, a tha deatamach airson làn mhìneachadh a thoirt air na tachartasan air a bheil a' cheist a' fòcasachadh.

A' cheist air dà stòr (16 comharra)

Tha a' cheist seo ag iarraidh air oileanaich na beachdan aig dà stòr a stèidheachadh, agus breith a dhèanamh air càileachd a' mhìneachaidh a tha gach stòr a' toirt airson cùis àraid. Mar ris na ceistean 'Dèan measadh air feumalachd...' agus 'Dè an ìre gu bheil ...?', bidh na stòran a' fòcasachadh air cùis air am faighear tuairisgeul sna prìomh chùisean, a' nochdadh ann an clò Eadailteach, sa chlàr san t-sònrachadh cùrsa. Nòta: chan eil a' cheist na h-eacarsaich ann an coimeasachadh gnìomhach.

Bu chòir do dh'oileanaich tòiseachadh le bhith a' comharrachadh nam prìomh bheachdan san dà stòr. Airson gach stòr, bu chòir do dh'oileanaich co-dhiù trì puingean soilleir anailiseachadh agus a mhìneachadh. Bu chòir na puingean seo a leasachadh le bhith a' toirt a-steach an co-theacsa nas fharsainge (cuimhneachadh buntainneach). Bu chòir do dh'oileanaich eòlas cuimhnichte a thoirt a-steach a tha a' toirt co-theacsa do shusbaint an stòir. Bithear a' buannachadh chomharran bho eachdraidheachd thaiceil agus le bhith ag aithris air cò às a thàinig an stòr. Chan eil dòigh-obrach shuidhichte ann.

Bithear a' sùileachadh gum bi oileanaich a' beachdachadh air barailean eachdraidheachail a dh'fhaodadh taic no contrarrachd a thoirt do na beachdan sna stòran.

A' rannsachadh chùisean eachdraidheil

Bidh cùis buntainneach airson sgrùdadh sa phròiseact-tràchdas ma tha i feumach air anailis agus breith chàileachdail, an àite dòigh-obrach a tha tuairisgeulach agus aithriseil. Faodaidh a' chùis a bhith a' nochdadh mar cheist, mar aithris, no mar thuairisgeul air raon sgrùdaidh, agus bu chòir dhi a bhith a' toirt dùbhlann don oileanach gus co-dhùnadh ìmpidheach a chur air adhart airson na cùise a chaidh a thogail. Is dòcha gum bi cùis iomchaidh a' togail grunn cheistean ìochdaireil, no fo-chùisean, air am feumar beachdachadh gus co-dhùnadh iomlan a ruigsinn, a bhios a' toirt sinteis làidir agus breith chàileachdail.

Bidh cùis iom-fhillte fhreagarrach cuideachd a' comasachadh an oileanaich diofar sheallaidhean no bharailean eachdraidheil a cheasnachadh. Ann an cuid de raointean, bidh deasbad brìgheil an lùib seo — a' gabhail a-steach eadar-dhealachaidhean mòra ann am mìneachadh leasachaidhean eachdraidheil.

Airson chùisean a tha ag iarraidh measadh, anailis agus sinteis, faodar aon de na dòighean-obrach a leanas a chleachdadh, ged nach eil na dòighean-obrach seo àithnteil:

- ◆ Dè cho soirbheachail 's a tha ... no 's a bha ... no a bheil?
- ◆ Dè an ìre gu bheil ... no am bi ... no am bu chòir ...?
- ◆ Dè cho fada 's as urrainn ... no am bi ... no am bu chòir...?
- ◆ Dè cho firinnichte 's a tha am beachd...?
- ◆ Dè cho cudromach 's a bha a' phàirt ...?

- ◆ Cò dhiubh (de dhà eadar-mhìneachadh) a tha a' mìneachadh nas fheàrr ...?

Tha liosta de thiotalan air am moladh airson pròiseact–tràchdas airson gach raon sgrùdaidh ri faotainn air an [duilleig chuspair airson Eachdraidh Àrd-Ìre Adhartach](#) air làrach-lìn an SQA. Faodaidh oileanaich stiùireadh a shireadh air tiotalan eile tro bhith a' coileanadh an fhoirm airson fios air ais fhaighinn air pròiseact–tràchdas, a thathar a' foillseachadh air an duilleig-lìn sin.

A' leasachadh barrachd eòlais air a' cho-theacsa eachdraidheil a tha buntainneach ris a' chùis thaghte

Dh'fhaodadh seo a bhith a' cur feum air leughadh:

- ◆ teacs-leabhraichean
- ◆ goireasan air-loidhne
- ◆ artagailean pàipeir-naidheachd
- ◆ leabhraichean-aithris

Bidh leabharlannan oilthighean a' tairgse deagh stòras de leabhraichean is artagailean a dh'fhaodas oileanaich a chuideachadh a bhith a' rannsachadh nan argamaidean san chùis thaghte aca. Faodaidh tidsearan no òraidichean oileanaich a chuideachadh gus leughadh cul-fhiosrachaidh a chomharrachadh aig an ìre thràith seo, a bharrachd air gan cuideachadh gus clàr-ama a phlanadh airson an rannsachadh a choileanadh.

A' dèanamh cho-dhùnaidhean air an dòigh san tèid a' chùis thaghte a rannsachadh

Bu chòir do dh'oileanaich dèanamh cinnteach gum beachdaich iad air raon toinisgeil de fhactaran, beachdan no toraidhean, agus nach bi iad a' cur cus cuideim air aon fhactar, beachd no toradh ann an dòigh a bhiodh ag às-dhùnadh beachdachadh air mìneachaidhean eile. Dh'fhaodadh e a bhith cuideachail do dh'oileanaich a bhith a' dèanamh 'map inntinn' de chùisean a dh'fhaodar èirigh aig an ìre seo. Air neo dh'fhaodadh iad taisbeanadh a chur air adhart ri an co-aisean, air a leantainn le deasbad is còmhradh fosgailte nuair a dh'fhaodadh oileanaich eile modhan-obrach diofaraichte no mìneachaidhean eile a chur air adhart.

Air chor 's gun dèanar cinnteach gu bheil an dòigh-obrach thaghte a' dol ann an doimhneachd gu leòr, dh'fhaodadh e a bhith feumail nan cuireadh oileanaich chan ann barrachd air trì no ceithir prìomh chùisean a bhios sa phlana dheireannach. Dh'fhaodadh seo ciallachadh gum feumar grunn chùisean nas lugha a choimeasgadh ann an aon chùis thar-ruigheach, no fàth-sgeul a thoirt airson mion-chùisean fhàgail a-mach. Faodaidh 'map-inntinn' a bhith feumail airson molaidhean a thoirt air mar a bhios cùisean ìochdaireil co-cheangailte ris a chèile agus ris a' chùis iomlain thaghte. Bu chòir do dh'oileanaich a bhith breitheantach air dè am fiosrachadh a thaghas iad a bhith air a ghabhail a-steach, agus thèid na sgilean breithneachaidh aca a thaisbeanadh le bhith a' mìneachadh carson a tha iad a' cleachdadh no a' diùltadh phuingean àraid.

Tha deagh phlanadh riatanach airson a' chùis thaghte a rannsachadh, a chionn 's gum bi e a' toirt fòcas structaraichte airson am fiosrachadh a thional. Ach dh'fhaodadh feum a bhith ann air oileanaich atharrachaidhean a dhèanamh ris a' phlana aca, mar eisimpleir ma thig fianais ùr am follais no ma tha iad ag iarraidh air fòcas an rannsachaidh atharrachadh. Tha

seo na phàirt chudromach de phlanadh prògram rannsachaidh, agus bu chòir do dh'oileanaich aithneachadh gu bheil am feum airson eileamaidean a' phlana thùsail atharrachadh na phàirt dhligeach de rannsachadh neo-eisimeileach sam bith.

A' comharrachadh raon iomchaidh de stòran

Nuair a thathar a' rannsachadh chùisean eachdraidheil aig an ìre Àrd-Ìre Adhartach, bu chòir a bhith an sàs ann an raon farsaing de leughadh acadaimigeach, agus mar sin tha e cudromach gum bi oileanaich a' planadh ro làimh air chor 's gun dèanar cinnteach gum bi na stòran a tha a dhìth rim faotainn nuair a tha a dhìth orra. Is dòcha gur e a' phuing thòiseachaidh na stòran a chumar san roinn, ach dh'fhaodadh gun tèid aig leabharlann sgoile, leabharlann colaiste no leabharlann phoblach a bhith a' cuideachadh oileanaich gus cothrom a thoirt air stòrasan. Tha grunn leabharlannan oilthigh cuideachd a' leigeil leothasan a tha a' dèanamh Àrd-Ìre Adhartach na goireasan aca a chleachdadh.

Dh'fhaodadh stòran fianaise a ghabhail a-steach leabhraichean-aithris no pàipearan-naidheachd, ann an clò no stèidhichte air an lìon, artagailean naidheachd no brathan-naidheachd, agus blogaichean.

Airson cuid de chùisean, tha mòran obraichean ann an clò, agus dh'fhaodadh oileanaich a bhith feumach air stiùireadh bhon tidsear no òraidiche aca gus an cuideachadh a bhith a' taghadh leughadh a tha freagarrach. Dh'fhaodadh gum bi feum aig oileanaich cuideachd air cobhair gus eadar-sgarachadh a dhèanamh eadar leabhraichean-teacsa airson sgoiltean (no leabhraichean a sgrìobhadh airson an leughadair choitinn) agus leabhraichean a sgrìobhadh le acadaimigich le eòlas sònraichte air a' chuspair. Bu chòir do dh'oileanaich raon farsaing de dh'obair acadaimigeach a leughadh. Bu chòir dhaibh a bhith comasach air aithneachadh gum bi diofar dhòighean-obrach is seallaidhean air cùisean eachdraidheil, moralta agus feallsanachail ag iarraidh diofar mhìneachaidhean, a tha eadar-dhealaichte bhon a chèile gu ìre bhig, de thachartasan no beachd-smuainean, agus gu bheil leughadh cùramach riatanach.

Bidh diofar chuspairean a' cleachdadh diofar dhòighean rannsachaidh gus eòlas ùr a chruthachadh, agus bu chòir do dh'oileanaich a bhith mothachail air feadhainn de na h-eadar-dhealachaidhean seo, mar eisimpleir na h-eadar-dhealachaidhean eadar dàta càileachdail agus dàta uimhireil. Bidh am modh rannsachaidh cuideachd a' toirt cumadh do smaoineachadh, agus mar sin bu chòir do dh'oileanaich feuchainn ri 'smaoineachadh coltach ri' no 'smaoineachadh taobh a-staigh' a' chuspair. Bidh seo a' leigeil le oileanaich a bhith nan luchd-cleachdaidh comasach, breithneachail de dh'fhiosrachadh.

B' urrainn do dh'oileanaich loga no clàr a chumail fhad 's a tha iad a' dol tron phròiseas de rannsachadh. B' urrainn dhaibh a bhith a' clàradh nan stòran a chleachd iad, a bharrachd air an ùghdar, an tìotal, àireamh na duilleige, deit foillseachaidh agus foillsichear.

Ag aontachadh nam prìomh cheann-latha airson coileanadh nan diofar ìrean a bhios an lùib rannsachadh na cùise

Dh'fhaodadh gum bi am pròiseas airson rannsachadh neo-eisimeileach a dhèanamh na dhùbhlán do chuid de dh'oileanaich. Air an adhbhar sin, dh'fhaodadh e a bhith cuideachail do thidsearan, òraidichean agus oileanaich a bhith ag aontachadh deitichean air am faodar sùil a thoirt air adhartas. Dh'fhaodadh na prìomh chinn-latha a ghabhail a-steach:

- ◆ roghnachadh cùis

- ◆ coileanadh plana
- ◆ lèirmheas no còmhradh air tional no clàradh fianais
- ◆ ceann-latha airson ciad dreachd den phròiseact–tràchdas a chur a-steach
- ◆ ceann-lathar airson tionndadh deireannach a’ phròiseict–tràchdas a chur a-steach, ma dh’fhaoidte grunn làithean ron cheann-latha a chaidh a shuidheachadh le SQA.

Dh’fhaodadh oileanaich leth-bhreacan a chumail de nòtaichean planaidh, plana sgrìobhte, mapa inntinn, nòtaichean còmhradh no clàradh den chòmhradh no agallamh.

Tha an ‘Eisimpleir de liosta-dhearbhaidh’, a gheibhear gu h-ìosal, a’ moladh aon dòigh airson clàradh cuin a thachair dearbhaidhean adhartais.

Dh’fhaodadh gum bi e cuideachail airson oileanaich ma tha iad a’ fòcasachadh an rannsachaidh air aon taobh den chùis thaghte aca mu seach, an àite feuchainn ri bhith a’ rannsachadh, a’ tional agus a’ clàradh an fhiosrachaidh airson na cùise iomlain aig an aon àm. Mar eisimpleir, far a bheil a’ chùis thaghte a’ dèiligeadh ri aon factar iomallach, dh’fhaodadh oileanaich a chur rompa a thòiseachadh air rannsachadh a tha fòcusaichte air an taobh seo den chùis. Ma rannsaichear aon taobh dheth mu seach, faodaidh sin an obair a bhriseadh sìos ann an roinnean a tha nas so-làimhseachadh agus bidh seo a’ cuideachadh airson sùil a chumail air adhartas bho àm gu àm. Dh’fhaodadh oileanaich duilleag lèirmheas adhartais a chleachdadh gus taic a thoirt don phròiseas seo.

Aon uair ’s gu bheil iad air puing thòiseachaidh a chomharrachadh, bu chòir do dh’oileanaich a chur rompa mar a b’ fheàrr a b’ urrainn dhaibh a bhith a’ clàradh an fhiosrachaidh a thionail iad. Airson mòran dhaoine, ’s e nòtaichean clò-sgrìobhte no làmh-sgrìobhte an dòigh as sìmplidh airson seo a dhèanamh. Ged a dh’fhaodadh oileanaich a bhith beagan eòlach air tional is clàradh fiosrachadh, dh’fhaodadh tidsearan is òraidichean cuideam a chur air na leanas mar dheagh chleachdadh:

- ◆ cleachd an clàr-innse no clàr-amais gus roinnean a chomharrachadh a tha buntainneach ris a’ chùis a thathar a sgrùdadh
- ◆ grad-leugh gus an t-susbaint as cudromaiche agus as buntainniche a chomharrachadh
- ◆ bi mothachail gum bi mòran acadaimigich a’ toirt geàrr-chunntas de na h-argamaidean aig ceann roinne no aig ceann caibideil — air neo dh’fhaodadh cnàmhan nam beachdan aca a bhith a’ nochdadh ann an ro-ràdh no co-dhùnadh an leabhair no an artagail

Dh’fhaodadh oileanaich gnìomh sìmplidh a choileanadh le bhith a’ leantainn nan ceuman san liosta gu h-ìosal, air chor ’s gum fàs iad eòlach air diofar bhunan fiosrachaidh agus air a’ chruth sam bi clàran-leabhraichean a’ nochdadh. Dh’fhaodadh tidsearan no òraidichean iùl goirid a thoirt do dh’oileanaich air mar a stiùirear rannsachadh agus mar a chumar inbhean beusail ann an rannsachadh gus an cuideachadh a thuigsinn cho cudromach ’s tha e stòran aithneachadh agus/no mar a chleachdar fiosrachadh frionasach.

A’ tional is a’ clàradh fiosrachadh

Chan eil aon dòigh ùghdarraichte ann airson fiosrachadh a thional agus a chlàradh, ach dh’fhaodadh a’ chomhairle a leanas a bhith feumail:

- ◆ Thoir fa-near ùghdar is tiotal an leabhair no an artagail a thathar a' leughadh. Ma chaidh an obair fhoillseachadh, clàraich deit an fhoillseachaidh.
- ◆ Ma tha am fiosrachadh à stòr air-loidhne, thoir fa-near an URL agus an deit nuair a fhuair e cothrom air.
- ◆ Dèan geàrr-chunntas de fhianais fhìrinneach a tha buntainneach, a' toirt fa-near àireamh na duilleige. Le bhith a' dèanamh geàrr-chunntas, an àite a bhith ag às-aithris gu dìreach, bidh oileanaich a' sàbhaladh ùine agus a' seachnadh mèirle-sgrìobhaidh nach robhar a' sùileachadh. Chan eil feum ann a bhith a' sgrìobhadh ann an seantansan, oir faodaidh giorrachaidhean am pròiseas airson nòtaichean a ghabhail a dhèanamh nas luaithe, ged a tha e cudromach gun tèid aig oileanaich tuigse a thoirt às na nòtaichean aca nas anmoiche.
- ◆ Clàraich beachdan an ùghdair le bhith a' cleachdadh abairtean leithid: 'A rèir Singer, 2012 "...' Dh'fhaodadh clàradh de dh'às-aithrisean dìreach, a tha **goirid**, a bhith cuideachail, ach bu chòir dhaibh a bhith cuibhrichte ri grunn fhaclan no abairtean. Bidh às-aithrisean fada mì-chuideachail. Thoir fa-near àireamh na duilleige no làraich an stòr stèidhichte air an eadar-lìon airson beachdan no às-thàirngean gus cuideachadh a thoirt le tar-churan aig ìre nas anmoiche.

Is tric gum bi acadaimigich a' dèanamh iomradh air beachdan no fianais a dh'ainmich acadaimigich eile. Le bhith gan toirt fa-near, faodaidh oileanaich a bhith a' tuigsinn barrachd mu dheidhinn diofar mhìneachaidhean acadaimigeach, agus dh'fhaodadh e a bhith gan cuideachadh mìneachadh no anailis ìmpidheach a leasachadh aig ìre nas anmoiche san rannsachadh aca.

Dh'fhaodadh ath-sgrùdadh air adhartas a bhith ann an cruth còmhraidh eadar an tidsear no òraidiche agus an t-oileanach, lèirmheas cho-aoisean no oileanaich fa leth a' taisbeanadh don bhuidhinn mu seach. Ann an còmhradh sam bith air an adhartas a rinneadh, dh'fhaodadh e a bhith cuideachail nan robh an tidsear no òraidiche a' dèanamh cinnteach gu bheil an t-oileanach a' cleachdadh fianais ann an dòigh bhreithneachail agus gu bheil deagh loidhne argamaid a' tighinn gu foillse.

'S e sgil cudromach a bhith a' tuigsinn mar bu chòir toraidhean a thaisbeanadh air chor 's gum bi iad soilleir, seasmhach agus ann an stoidhle a bhios a' co-chumadh gnàthsan a' chuspair. Chan eil dòigh shingilte san gabh seo a choileanadh, agus bu chòir do dh'oileanaich beachdachadh air diofar dhòighean sam faod an obair aca a bhith air an eagrachadh agus sam faod iomraidhean a bhith air an dèanamh oirre.

Ann a bhith a' co-phàirteachadh nam beachd-smuainean air a bheil iad sinneis a dhèanamh às an rannsachadh, tha e cudromach gum bi oileanaich comasach air structar freagarrach a chur air na toraidhean aca. Mar is àbhaist, feumaidh iad cur an cèill, ann an dòigh chiallach, na fo-chùisean diofaraichte a tha buntainneach ris a' cheist, a' leasachadh loidhne argamaid shoilleir, a' stiùireadh ghnòthaichean ri co-dhùnadh aig a bheil taic. Dh'fhaodadh seo a chiallachadh gum feum iad mion-fhiosrachadh a thoirt ann an caochladh raointean.

Dh'fhaodadh seo a ghabhail a-steach:

- ◆ cùisean ceangailte ri mìneachadh mion-cheart a tha ag èirigh às a' chùis
- ◆ mìneachaidhean diofaraichte a rinneadh le diofar acadaimigich no traidiseanan acadaimigeach

- ◆ anailis mhionaideach air pìosan àraid de fhianais aig a bheil buaidh bhrìoghmhor air a' chùis
- ◆ beachdachadh farsaing air a h-uile taobh den chùis

Dh'fhaodadh e a bhith freagarrach do dh'oileanach a bhith a' cleachdadh fo-earrannan gus rian a chur air an t-susbaint aca. Mar is àbhaist, bidh fo-earrannan ag èirigh às na fo-chùisean a bhathar a' comharrachadh aig an ìre phlanaidh, ach chan eil seo na riatanas. Gu tric, bithear a' cleachdadh fo-earrannan gu soirbheachail ma nithear na leanas:

- ◆ cùm earrannan gu àireamh fhreagarrach
- ◆ ceangail fo-earrannan ri chèile ann an dòigh cho-thàthach

Dh'fhaodadh oileanaich faighinn gum bi cleachdadh chaibideilean a' toirt fòcas airson diofar thaobhan den tràchdas aca, a' leigeil leotha adhartas a shealltainn sa chòmhradh agus gan comasachadh a bhith a' togail argamaid air feadh na h-obrach aca.

Bu chòir do dh'oileanaich cainnt is dòigh-sgrìobhaidh fhoirmeil a chleachdadh san sgrìobhadh aca. Mar eisimpleir, an àite a bhith a' cleachdadh abairtean leithid, 'Tha mise a' smaointinn...', dh'fhaodadh e a bhith nas freagarraiche ma tha oileanaich a' sgrìobhadh ann an dòigh nas acadaimigich, mar eisimpleir 'Tha an fhianais seo ga cleachdadh gus taic a thoirt agus a leudachadh ...'.

Faodaidh oileanaich giorrachaidhean coitcheann a chleachdadh sa phròiseact-tràchdas, ach thathar a' sùileachadh gun cleachdar cainnt fhoirmeil. Mar eisimpleir, faodaidh iad acraimean is geàrr-ainmean a chleachdadh, leithid NKVD, NATO agus EU. Ach cha bu chòir dhaibh aithghearraidhean a chleachdadh air feadh a' phròiseict-tràchdas gus an cunntas fhaclan a lùghdachadh. Tha seo a' ciallachadh gum bu chòir dhaibh a bhith a' cleachdadh, sa Bheurla, 'do not' an àite 'don't' agus 'were not' an àite 'weren't', agus bidh seo a' buntainn ris a h-uile giorrachadh den t-seòrsa seo. 'S e an t-aon mura-bhith ma tha an giorrachadh a' nochdadh taobh a-staigh às-aithris.

Iomraidhean

Bu chòir tuigse a bhith aig oileanaich air mar a chleachdar siostam iomraidhean, no gnàths iomraidhean, a tha freagarrach. Bu chòir do dh'oileanaich a bhith mion-cheart sna h-iomraidhean aca agus cruth cunbhalach a chleachdadh air feadh an tràchdais aca. Mar eisimpleir:

- ◆ Bu chòir a h-uile às-aithris iomradh fhaighinn. Tha an grid 'Foir-shealladh air stiùireadh air comharrachadh' sa ghnìomh measaidh airson a' phròiseict-tràchdas a' toirt fa-near nach urrainn do dh'oileanaich bun-riatanasan a' phròiseict-tràchdas a choileanadh mura dèan iad iomradh mion-cheart air co-dhiù aon stòr, agus mura thaisbeanas iad ìre agus tàbhachd an rannsachaidh aca tro bhonn-nòtaichean mion-cheart, no eàrr-nòtaichean agus leabhar-chlàr.
- ◆ Bu chòir fiosrachadh sònraichte, leithid staitistigs, iomradh fhaighinn mura bheil iad air an cleachdadh gu cumanta sa h-uile leabhar air a' chuspair.
- ◆ Ma tha paragraf iomlan stèidhichte air aon leabhar, bu chòir dha iomradh fhaighinn, fiù 's mura bheil às-aithris dhìreach ann.
- ◆ Bu chòir prìomh-bhunaidh a bhith air an gabhail a-steach. Tha an grid 'Foir-shealladh air stiùireadh air comharrachadh' sa ghnìomh measaidh airson a' phròiseict-tràchdas a' toirt

fa-near gur urrainn do dh'oileanaich 20 comharra a bhuannachadh mura dèan iad iomradh air co-dhiù aon stòr.

Faodar stoidhle shìmplidh a chleachdadh airson iomraidhean, leithid: ùghdar, deit, *tiotal*, àireamh duilleige, foillsichear. Mar eisimpleir:

- ◆ Kershaw, Ian (2015) *The Nazi Dictatorship*, Bloomsbury, d74.

Faodaidh oileanaich na teirmean gnàthsach *ibid* agus *op cit* a chleachdadh mar a tha freagarrach.

Bu chòir do dh'oileanaich dèanamh cinnteach gu bheil toraidhean an rannsachaidh aca air an cuideachdadh le clàr-leabhraichean. Mar ri iomraidhean, 's e pàirt de leasachadh an oileanaich a bhith ag ionnsachadh mar a thogar, agus mar a thaisbeanar, clàr-leabhraichean dòigheil. Bu chòir don chlàr-leabhraichean a bhith na nòta fìor den h-uile stòr a chaidh a chleachdadh. Tha e cudromach gum bithear a' nochdadh ainm an ùghdair agus an tiotal. Bu chòir an deit agus am foillsichear nochdadh cuideachd.

Bidh na làraichean-lìn aig a' chuid as motha de dh'oilthighean a' toirt comhairle air mar a chuirear clàr-leabhraichean an cèill. Tha cruthan ainmeil ann, leithid Harvard, MLA agus APA. Bu chòir do dh'oileanaich siostam coitcheann a chleachdadh airson iomraidhean a tha freagarrach do raon is ceann-adhbhar a' chuspair aca, agus bu chòir dhaibh a bhith co-sheasmach sa chruth a chleachdas iad. Bu chòir làraichean-lìn a chlàradh sa chlàr-leabhraichean. Bu chòir duilleagan-lìn a liostadh, leis na deitichean air an deach cothrom fhaighinn orra. Tha seo cudromach a chionn 's gum bi làraichean-lìn air an ath-ùrachadh gu bitheanta.

Geàrr-iomradh

'S e an geàrr-iomradh a' chiad phìos obrach a bhios leughadairean a' faicinn san tràchdas.

Tha e na gheàrr-chunntas air obair an oileanaich agus, mar as àbhaist, bidh e a' nochdadh an dèidh duilleag an tiotail agus a' chlàir-innse. Bu chòir dha a bhith a' glacadh brìgh an rannsachaidh ann an dòigh a tha soilleir agus cuimir.

Tha dòighean-obrach eadar-dhealaichte ann airson geàrr-iomradh a chruthachadh. Ann an Àrd-Ìre Adhartach, bu chòir dha a bhith:

- ◆ **tuairisgeulach**, a' cur fon phrosbaig structar an tràchdais

agus

- ◆ **fiosrachail**, a' toirt geàrr-chunntas co-dhlùthaichte den obair a rinneadh leis an oileanach.

Tha dòigh ann airson geàrr-iomradh a sgrìobhadh. Bidh geàrr-iomradh làidir air a dhèanamh suas à:

- ◆ aithris air an duilgheadas no cùis a tha an t-oileanach a' sgrùdadh, a' gabhail a-steach fios air riatanas an rannsachaidh
- ◆ am modh rannsachaidh
- ◆ na builean is toraidhean
- ◆ prìomh cho-dhùnidhean

Gheibhear eisimpleirean de gheàrr-iomraidhean sa phàipear-taic 2.

Eisimpleir de Liosta-dhearbhaidh

Ainm an oileanaich

Gnìomh rannsachaidh	Nòtaichean	Deit a chaidh a choileanadh
Priomh chinn-latha air an aontachadh is co-phàirteachadh		
Cùis air a moladh		
Còmhradh, rèiteachadh air a' chùis		
Cùis air a toirt gu crìch agus air aontachadh		
Planadh prògram rannsachaidh	Plana aontaichte an cois seo	
Atharrachaidhean aontaichte ris a' phlana (ma tha iad ann)		
Ciad stòran		
Lèirmheas air adhartas (1), a' gabhail a-steach measadh agus anailis air fianais gu ruige seo		
Lèirmheas air adhartas (2)		

Cruth an leabhar-chlàir		
Leabhar acadaimigeach		
Leabhar-aithris foghlaim		
Stòr às na meadhanan		
Stòr eadar-lìn		

Lèirmheas litreachais — a' cleachdadh meatrags

Tha an clàr seo a' sealltainn dòigh-obrach a dh'fhaodar cleachdadh airson lèirmheas litreachais. Tha an teacsa fo gach ceann-sgrìobhadh na eisimpleir mìneachail de na cùisean a dh'fhaodar comharrachadh ann an lèirmheas de phìos de litreachas.

Sgrùdadh	Amas an sgrùdaidh no na ceist rannsachaidh	Beachd an ùghdair	Prìomh tèamaichean no puingeana a tha ag èirigh	Prìomh cho-dhùnadh Cuibhreachaidhe an sam bith?	A bheil tuilleadh rannsachaidh air a mholadh?
Ùghdar 1	Gus factaran a rannsachadh a bhios ...	Tha an t-ùghdar a' creidsinn gu bheil...	Tha na factaran aig a bheil buaidh a' gabhail a-steach ...	B' e am prìomh factar...	Bu chòir sùil a thoirt air... B' urrainnear sgòp an rannsachaidh a leudachadh
Ùghdar 2	Gus cùisean a rannsachadh a bhios...	Tha an t-ùghdar a' creidsinn gu bheil...	'S e am prìomh fhianais ...	B' e a' phrìomh bhuaidh... Cuibhreachaidhean: A bheil na dàta anis ro aosta? A bheil sin cudromach?	Tha tuilleadh rannsachaidh a dhith air chor 's gum faicear... B' urrainnear sgòp an rannsachaidh a leudachadh

A' leasachadh sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha agus sgilean cosnaidh

Bu chòir do thidsearan is òraidichean cothroman air feadh a' chùrsa a chomharrachadh do dh'oileanaich airson sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha agus sgilean cosnaidh a leasachadh.

Bu chòir do dh'oileanaich a bhith mothachail do na sgilean a tha iad a' leasachadh agus is urrainn do thidsearan is òraidichean comhairle a thoirt air cothroman airson an cleachdadh agus an leasachadh.

Cha bhi SQA a' dèanamh measadh foirmeil air sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha agus sgilean cosnaidh.

Dh'fhaodadh gum bi cothroman ann cuideachd airson sgilean a bharrachd a leasachadh a rèir nam modhan-obrach a thathar a' cleachdadh airson an cùrsa a libhrigeadh anns gach ionad. Bidh seo an urra ri tidsearan is òraidichean a stiùireadh.

1 Litearrachd

1.1 Leughadh

Air feadh a' chùrsa, agus fhad 's a tha iad an sàs sa phròiseact-tràchdas, bidh an cothrom aig oileanaich sgilean leughaidh a leasachadh. Faodaidh iad a bhith a' leughadh caochladh theacsaichean, a' gabhail a-steach leabhraichean-aithris eachdraidheil, aithrisean pàipeir-naidheachd agus brathan air-loidhne. Bidh iad ag ionnsachadh a chur an cèill beachdan reusanta mu dheidhinn nam barailean a tha iad a' sgrùdadh, a' leasachadh a' chomais a bhith a' leughadh gu breithneachail agus measadh a dhèanamh air na beachd-smuainean a fhuair ann an stòran sgrìobhte.

Dh'fhaodadh cothroman a bhith aig oileanaich sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha is sgilean cosnaidh eile a leasachadh. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh deasbadan, buidhnean còmhraidh no sgrìoban-blàir agus cuairtean na sgilean èisteachd is labhairt aca a leasachadh.

1.2 Sgrìobhadh

Bidh an cùrsa a' toirt chothroman gus sgilean sgrìobhaidh a leasachadh, a' gabhail a-steach sgrìobhadh leudaichte far a bheil e freagarrach. Mar eisimpleir, feumaidh oileanaich co-dhùnaidhean deagh reusanaichte is structaraichte a tharraing agus feumaidh iad toraidhean a thaisbeanadh mu dheidhinn eileamaidean firinneach is teòiridheach de chuspairean no cùisean eachdraidheil, agus bidh na riatanasan sin a' toirt sàr chothrom do dh'oileanaich gus na sgilean sgrìobhaidh leudaichte aca a leasachadh.

4 Comas-obrach, iomairt agus saoranachd

4.6 Saoranachd

Aig ìre Àrd-ìre Adhartach, bidh oileanaich a' leasachadh na tuigse aca air an t-saoghal le bhith ag ionnsachadh mu dheidhinn dhaoine eile agus na luachan a bha aca ann an amannan, àiteachan agus suidheachaidhean eadar-dhealaichte. Bidh seo a' brosnachadh oileanaich gu bhith a' leasachadh dòighean-smaoineachaidh cudromach, a' gabhail a-steach spèis a thoirt do luachan, creideasan agus cultaran a' chàich; fosgailteachd do

smaoineachadh ùr agus do bheachdan ùra; dealas air luachan deamocratach; agus faireachdainn de dhleastanas agus saoranachd chruinneil.

5 Sgilean smaoinichaidh

5.3 Cur an gnìomh

5.4 Ag anailiseachadh agus a' measadh

Aig ìre Àrd-Ìre Adhartach, feumaidh oileanaich an t-eòlas is an tuigse aca air eileamaidean firinneach de chùisean is freagairtean eachdraidheil a chur an gnìomh. Feumaidh iad sin a cheangal ri beachd-smuainean eas-chruthach agus teòiridheach far a bheil feum ann airson tuigse nas doimhne agus nas mionaidiche.

Bidh an cùrsa seo a' leigeil le oileanaich diofar bhunan fiosrachaidh a chleachdadh, a' gabhail a-steach litreachas acadaimigeach, stòran eachdraidheil, artagailean bho phàipearan-naidheachd no air-loidhne, agus blogaichean. Faodaidh tidsearan is òraidichean oileanaich a stiùireadh ri bunan fiosrachaidh a tha nas iom-fhillte.

Pròiseact–Tràchdas

Bidh am pròiseact–tràchdas airson Eachdraidh Àrd-Ìre Adhartach a' toirt chothroman do dh'oileanaich gus sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha agus sgilean cosnaidh a leasachadh. Bidh cothroman aig oileanaich a bhith a' leasachadh an sgilean leughaidh is sgrìobhaidh fhad 's a tha iad a' rannsachadh a' chuspair aca agus a' sgrìobhadh an tràchdais aca. Bidh iad a' leasachadh ionnsachadh pearsanta fhad 's a tha iad ag obair gu neo-eisimeileach gus cuspair no cùis a chomharrachadh agus fhìneachadh, agus fhad 's a tha iad a' dèanamh rannsachadh. Bidh iad a' leasachadh saoranachd tro bhith a' doimhneachadh na tuigse aca air ceistean is cùisean eachdraidheil.

Bidh an cùrsa seo a' toirt chothroman do dh'oileanaich a bhith a' leasachadh an sgil leis am bi iad a' dèanamh sinteis air fiosrachadh. Bidh am pròiseact–tràchdas gu sònraichte a' toirt chothroman do dh'oileanaich gus na sgilean aca san raon seo a leasachadh.

Pàipear-taic 2: eisimpleirean de gheàrr-iomraidhean

Geàrr-iomradh — eisimpleir 1

Dè an ìre gun robh a' phàirt a chluicheadh le boireannaich ag atharrachadh san Ruis Stalinich?

Tha an tràchdas seo a' sgrùdadh na h-ìre ris an robh dreuchdan gnèitheil ag atharrachadh san Ruis Stalinich, le fòcas air boireannaich. Bha cuid a' dèanamh a-mach gun do chruthaich an rèim '*Homo Sovieticus*' a bha eadar-dhealaichte, far an robhar ag atharrachadh na pàirte a chluicheadh le boireannaich. Tro dhòigh-obrach a tha a' sireadh a bhith cuideachail, tha an sgrùdadh seo a' sealltainn dè an ìre gun robh atharrachadh a' dèanamh buaidh air boireannaich. Tha e a' gabhail a-steach bun-fhianais a tha a' sgrùdadh an àite-obrach agus na dachaigh. Thathar a' mion-sgrùdadh stòiridhean taobh a-staigh frèam dòigh-aithris, agus tha na co-dhùnaidhean a thathar a' tarraing a' beachdachadh air fèin-fhiosrachaidhean pearsanta, coitcheann agus ginealachdail.

Mar cho-theacsa, chunnacas 'boireannach ùr' an dèidh Rèabhlaid na Dàmhair, a bha airson boireannaich a shaoradh bho gheimhlean 'tràilleachd' na dachaigh a fhuair ann am pòsadh nan clasaichean meadhanach. Bhathar a' brosnachadh bhoireannach gu dol a-steach gu obair nam factaraidhean, agus bhathar a' toirt cobhair, tro bhuidhnean stèidhichte is tro phrògraman, gus seo a dhèanamh comasach, ach is tric gun robh seo ro chosgail a thoirt gu buil. Rè an ama seo de dh'aimhreit phoilitigeach, bu bheag an t-iongnadh gun deach structar a' cho-chomainn atharrachadh, agus às an seo thàinig saorsa air nach robh cothrom aig boireannaich riamh roimhe. Ri linn uireasbhaidh nam fear a dh'adhbharaicheadh leis a' Chiad Chogadh Mhòr agus leis a' Chogadh Chatharra, thug an riaghaltas suidheachadh nas motha do bhoireannaich sa cho-chomann gus stàit làidir Choimiunach a thogail.

San àrainneachd phoilitigich an dèidh bàs Lenin, thàinig a' phàirt a chluicheadh le boireannaich fo chruth-atharrachadh a bhiodh a' toirt buaidh air a h-uile pàirt dem beathannan. Fhuaras gun deach car iomlan a chur ann, agus dh'fhaodadh argamaid a dhèanamh gun robh an car tuathal aig Stalin, nuair a chaidh mòran còraichean catharra nam boireannach a tharraing às, air a dhèanamh airson reusanan ideòlach. Tha bun-fhianais agus measaidhean eachdraidheil a' sealltainn gun do chreid e gun rachadh sòisealachas a choileanadh ann an stàit glè ghnìomhasaichte far an robh a' chuid bu mhotha den mhòr-shluagh nan luchd-obrach. Mar a sgrìobh Stalin ann an 1937:

***'Tha buaidh an t-sòisealachais air boireannaich a lionadh le dealas agus boireannaich ar dùthcha Sobhietich a bhrosnachadh a bhith gnìomhach ann an cultar, a bhith a' maighstreadh innealan, a bhith a' leasachadh eòlas air saidheans agus a bhith gnìomhach san spàirn airson dèanadas luchd-obrach as àirde a choileanadh.'*¹**

A bharrachd air sin, tha rannsachadh a' toirt fianais chan ann a-mhàin gun robh boireannaich mar ghoireas eaconamach a bha glè chudromach sna Planaichean Còig Bliadhna aige, ach

¹ Stalin, Joseph, *Pravda*, 8^{mh} Màrt 1937.

gum biodh iad cuideachd mar bhean an taighe sa cho-chomann neo-phrìomh-athaireil aige. San dòigh seo, thachair atharrachadh do bhoireannaich agus chaidh na saorsainnean aca a thoirt air falbh taobh a-staigh co-theacsa ideòlach às nach do shaobh Stalin idir.

Tha deasbadan eachdraidheil fallain ann air an *'Retreat Mhòr'*. Tha na h-eachdraichean Hosking agus Iliç ag aontachadh leis a' bheachd gun robh amalachadh bhoireannach san eaconamaidh, sa chiad dol a-mach, mu dheidhinn leasachadh na Stàite Sobhietich mar chumhachd eaconamach agus mar chumhachd an t-saoghail tro bhith gan dubh-shaothrachadh, an àite a bhith mu dheidhinn boireannaich a shaoradh bho chuibhreachaidhean teaghlachas nan clasaichean meadhanach. Tha grunn eachdraichean a' creidsinn gun robh boireannaich a' strì ri adhartas poilitigeach a dhèanamh ach nach deach aca a dhol air aghaidh sa Phàrtaidh. Mar eisimpleir, tha Rule agus Noonan ag argamaid, ged a rinn boireannaich adhartas san eaconamaidh agus raointean eile, ***'cha robh na h-euchdan seo air an co-fhreagairt le meudachadh ann an cothrom a bha aig boireannaich air cumhachd phoilitigeach'***.²

'S e co-aontachd iomlan am measg eachdraichean nach robh suidheachadh bhoireannach ach air beagan adhartais, no air cion adhartais sam bith, a dhèanamh san stàit Stalinich. Cha do rinn Stalin mòran gus co-ionannachd a chomasachadh. An àite sin, chruthaich e co-chomann nua-phrìomh-athaireil, an aghaidh luachan nam Boilseabhach, a mhùch saorsa bhoireannach agus a dh'adhbharaich cruth-atharrachadh dràmach sa phàirt a chluicheadh le boireannaich.

Tha an tràchdas seo a' cur fon phrosbaig an t-àite a bha aig boireannaich ann an co-chomann, san eaconamaidh, agus ann am poilitigs, gus an ìre de dh'adhartas, no cion-adhartais, a rinn iad a dhearbhadh.

Àireamh fhaclan: 685

² Rule, Wilma agus Noonan, Norma (1996) *Russian Women in Politics and Society*, Greenwood Press, d19.

Geàrr-iomradh — eisimpleir 2

Adolf Hitler: ceannard làidir no deachdair lag?

Tha an tràchdas seo ag amas air sgrùdadh a dhèanamh air a' phàirt a chluicheadh le Hitler ann an Gearmailt nan Nàsach. Chan eil teagamh ann gun do rinneadh atharrachaidhean mòra ri structar a' phàrtaidh Nàsaich rè nan 1920an agus rè nam bliadhnachan ann an cumhachd, ach tha deasbad ann air nàdar na pàirte a chluicheadh le Hitler mar cheannard, agus an robh a' phàirt a chluicheadh leis air feadh an ama sin so-rùnaichte no structaraichte ann an nàdar.

Bidh mòran ag argamaid gun robh a' chumhachd a bha aig Hitler thar na Gearmailt air adhbharachadh leis an ùr-labhairt dhealasaich aige, leis a' chomas aige gus am poball iompachadh a bhith a' leantainn nan creididhean aige, agus leis an tàlant aige gus am pàrtaidh a bhrosnachadh a bhith a' leantainn ideòlas a bha a' toirt fa-near an sgil aige ann am poilittigs agus a bha a' leudachadh na buaidhe a bha aige mar-thà.

Tha factaran ann a tha a' toirt taic don bheachd gun robh Hitler na cheannard làidir, agus 's iad gun robh e a' tàladh a' phobaill, gun do dh'atharraich e structar a' phàrtaidh, agus na prionnsapalan aige. Faodar coimhead ris na factaran seo mar thaisbeanadh gun robh Hitler na cheannard làidir gun teagamh, agus thèid am mion-rannsachadh air feadh na h-obrach seo. Tha Rich a' creidsinn gum b' e Hitler am forsa cudromach air cùlaibh an Treas Reich agus gun robh e na cheannard làidir aig an robh mòran buaidh, agus chithear sin far a bheil Rich ag ràdh: **'Chan urrainnear cus cuideim a chur air a' phuig seo: b' e Hitler am maighstir anns an Reich.'**¹ Tha seo a' toirt fa-near gun robh e gu dearbh na cheannard cliobhar aig an robh mòran buaidh agus a bha comasach air làn ùghdarras fhaighinn thar na Gearmailte uile.

Ach, ma choimeadas sinn aig a' chùis gu mionaideach, chì sinn gu bheil tòrr fianais ann a bhiodh a' cur nar cinn gun robh Hitler, airson sin dheth, na dheachdair lag a chleachd cumhachd le sgil mòr ach tro bhith ag innleachdadh nan suidheachaidhean agus a' falach air cùlaibh na foill gun robh làn chumhachd aige. 'S iad na factaran taiceil airson a' bheachd seo suidheachadh na dùthcha rè nan taghaidhean, am propaganda a chaidh a chleachdadh leis a' phàrtaidh, agus mar a sgaraidh e fhèin bho cho-dhùnaidhean an riaghaltais. Tha am beachd seo air a cho-phàirteachadh le mòran, agus chithear seo nuair a tha Kershaw ag argamaid: **'Bha structar iomlan an riaghaltais air ìsleachadh gu bùrach de bhunan cumhachd, a bha an-còmhnaidh ag atharrachadh, aig na faicseanan a bha an aghaidh a chèile.'**² Mar sin, tha e soilleir gu bheil Kershaw, coltach ri mòran de cho-aoisean Hitler leithid Strasser,³ a' creidsinn gun robh am prìomh phàrtaidh san riaghaltas Ghearmailteach do-smachdaichte agus riaslach.

Gus a' chumhachd a bha aig Hitler air poilittigs na Gearmailte agus air muinntir na dùthcha sin a thuigsinn gu buileach, bidh an tràchdas seo a' sgrùdadh an dà argamaid, a' cleachdadh gach cuid prìomh-bhunan agus iar-bhunan mus ruigear an co-dhùnadh gum faodar Hitler a thuigsinn mar structairiche a bha gu sìmplidh a' dèanamh frith-ghluasad ris na suidheachaidhean san robh e, gun phlana dòigheil fad-ùine sam bith.

¹ Rich (quoted in), Hite, John and Hinton, Chris (2000) *Weimar and Nazi Germany*, Hodder, p190.

² Kershaw, Ian (2015) *The Nazi Dictatorship*, Bloomsbury, d74.

³ Strasser, Otto (iomradh air a dhèanamh ann), Peterson, Edward N. (2015) *The Limits of Hitler's Power*, Princeton University Press, d4.

Àireamh fhaclan: 530

Fiosrachadh rianachd

Foillsichte: An Gearran 2019 (dreach 2.0)

Eachdraidh atharrachaidhean

Dreach	Tuairisgeul air atharrachadh	Deit
2.0	Nòtaichean taic cùrsa air an cur ris mar phàipear-taic 1; eisimpleirean de geàrr-chunntasan air an cur ris mar phàipear-taic 2.	An Gearran 2019

Nòta: tha comhairle ga thoirt dhut sealltainn ri làrach-lìn SQA gus dèanamh cinnteach gu bheil thu a' cleachdadh an dreacha as ùire den t-sònrachadh cùrsa.

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2014, 2019